




# RO-INNLEACHD NÀISEANTA NA CÒMHDHAIL

A' DION NA GNÀTH-SHÌDE  
AGAINN AGUS A' TOIRT PISEACH  
AIR BEATHA DAOINE



## **Clàr-innse**

<b>1</b>	<b>Ro-ràdh</b>	<b>2</b>
<b>2</b>	<b>Lèirsinn airson Còmhail ann an Alba</b>	<b>5</b>
<b>3</b>	<b>Dùblain làthaireach agus dùblain a tha a' tighinn am bàrr</b>	<b>11</b>
<b>4</b>	<b>A' cur aghaidh air na dùblain</b>	<b>45</b>

Air a chur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba le Ministearan na h-Alba fo earrann 3 (1)(b) de dh'Achd na Còmhail (Alba) 2019

Gearran/2020  
SG/2020/10

## Caibideil 1 – Ro-ràdh

Tha e na thoileachas mòr dhomh Ro-innleachd Còmhail Nàiseanta ùr na h-Alba (NTS2) fhoillseachadh, a tha a' cur air adhart lèirsinn àrd-amasach agus tarraingeach airson an t-siostaim còmhail againn airson an ath 20 bliadhna, siostam a bhios a' dìon na gnàth-shìde againn agus a' toirt piseach air ar beatha.

Tha an Ro-innleachd seo a' cur air adhart Lèirsinn airson siostam còmhail na h-Alba a bhios a' cruthachadh àiteachan fior mhath - siostam còmhail seasmhach, in-ghabhalach, sàbhailte agus ruigsinneach a bhios a' brosnachadh soirbheas, slàinte agus cothromachd airson coimhearsnachdan, gniomhachasan agus luchd-tadhail. Tha i a' cur phriomhachasan an cèill a tha a' cumail taic ris an Lèirsinn sin: *a' lùghdachadh neo-ionannachd; gniomhach a thaobh na gnàth-shìde, a' cuideachadh gus fàs eaconamach in-ghabhalach a libhrigeadh; agus a' cur ris an t-slàinte is sunnd againn.* Taobh a-staigh nam Prìomhachasan seo, tha fòcas nas mothair brosnachadh co-ionannachd agus a bhith gniomhach mun ghnàth-shìde gus dèanamh cinnteach gun cuir sinn aghaidh air na dùblain a tha romhainn.



Chaidh an Ro-innleachd a thogail le trì colbhan: co-obrachadh, co-chonaltradh agus fianais. Dh'obraich Riaghaltas na h-Alba air cruthachadh na Ro-innleachd le lìonra mòr de chom-pàirtichean bhon shuidheachaidhean bailteil, dùthchail agus eileanach.

Tha sinn air conaltradh a dhèanamh le buidhnean agus coimhearsnachdan air feadh na h-Alba gus beachdan fhaighinn bho fharsaingeachd de dhaoine a bhios a' cleachdad, agus nach bi a' cleachdad, an t-siostaim. Rinneadh obair co-chomhairleachaidh coileanta air an dreach Ro-innleachd agus chuir sinn fàilte air na freagairtean a fhuair sinn bho iomadh diofar neach is buidheann. Bha na freagairtean ro-chudromach ann a bhith a' cur crìoch air susbaint na Ro-innleachd.

Chaidh fianais a chruinneachadh agus rinneadh anailis mhionaideach gus sealltann gum bi sinn, le bhith a' cur na Ro-innleachd seo an gniomh, a' cur aghaidh air na dùblain, a' coileanadh ar Prìomhachasan, agus a' libhrigeadh na Lèirsinn agus nam Builean gu soirbheachail.

Tha sinn a-nis ann an àrainneachd far a bheil an gluasad gu còmhail a tha iosal ann an carbon no gun charbon riatanach dhan leas againn san àm ri teachd. Mar fhreagairt air èiginn gnàth-shìde na cruinne, tha Riaghaltas na h-Alba air fear de na gealltanasan gnàth-shìde as àrd-amasaiche san t-saoghal a dhèanamh gus net-zero a ruighinn a thaobh sgaoilidhean gas an taigh-glainne ro 2045. Tro bheatha 20 bliadhna na Ro-innleachd seo, bidh àite ro-chudromach aig còmhail ann a bhith a' coileanadh na targaid seo agus bidh feum air tuilleadh obair-leasachaidh agus

barrachd cleachdadhd de theicneòlas a tha ìosal ann an carbon mar phàirt de seo. Bidh atharrachaidhean sòisealta susbainteach a dhìth cuideachd, a' gabhail a-steach lùghdachadh anns an iarrtas airson siubhal neo-sheasmhach. Le bhith gan cur còmhla ris na planaichean againn gus co-ionannachd chothroman a chruthachadh do na h-uile, a' dèanamh cinnteach gum bi fàs seasmhach agus inghabhalach ann agus a' lìbhrigeadh fior dheagh àiteachan airson a bhith a' fuireach agus ag obair, a bheir piseach air ar slàinte agus sunnd, nì sin cinnteach gum bi bunait làidir ann gus an Ro-innleachd a lìbhrigeadh.

Gu cudromach, tha an Ro-innleachd a' comharrachadh na slighe air adhart airson còmhdhail san àm ri teachd agus tha i a' cruthachadh a' cho-theacsa anns am feumar co-dhùnaidhean, a dhèanamh san riaghaltas agus taobh a-muigh an riaghaltais san àm ri teachd.

Bho riaghaltasan ionadail agus nàiseanta agus com-pàirteachasan còmhdhail ionadail a' cur an gnìomh phoileasaidhean, gu gnìomhachasan agus daoine fa leth a' toirt aire do na gnìomhan agus na buaidhean aca nuair a bhios iad a' dèanamh cho-dhùnaidhean siubhail, tha dleastanas oirnn uile gus an Ro-innleachd a lìbhrigeadh agus gus dèanamh cinnteach gun soirbhich i.



Micheal MacMhathain BPA  
Rùnaire a' Caibineit airson Còmhdhail, Bun-structair agus Co-cheangailteachd

## Caibideil 2 - Lèirsinn airson Còmhdhail ann an Alba

Tha an Ro-innleachd Còmhdhail seo airson na h-Alba air fad, ag aithneachadh nam feumalachdan eadar-dhealaichte aig na cathair-bhailtean, bailtean, àiteachan iomallach agus dùthchail agus eileanan. Tha i a' cur cuideam air an fhianais as ùire agus chaidh a cruthachadh ann an dòigh cho-obrachail le farsaingeachd de chompàrtichean. Bha eacarsaich co-chonaltraidh fharsaing ann le daoine, gnìomhachasan agus le buidhnean san treas roinn a bha ro-chudromach ann an cruthachadh na Ro-innleachd. Rinneadh co-chomhairle air an dreachd Ro-innleachd cuideachd agus chaidh beachdan iarraidh bho dhaoine fa-leth agus bho bhuidhnean air feadh na h-Alba. Thug na freagairtean buaidh air susbaint na Ro-innleachd.

Tha i na Ro-innleachd airson an t-siostaim còmhdhail gu lèir (daoine agus bathar) agus bidh i a' coimhead air carson a bhios sinn a' siubhal agus mar a bhios na cuairtean sin gan dèanamh, le bhith a' gabhail a-steach coiseachd, cuibhligeadh<sup>1</sup>, baidhsagal, agus siubhal air bus, trèana, aiseag, càr, làraidh agus itealan. Tha e na Ro-innleachd airson a h-uile cleachdaiche: an fheadhainn a tha a' siubhal gu, bho, agus taobh a-staigh Alba.

Feumaidh sinn uile co-obrachadh thairis air criochan gus luach a chur rithe agus gus dèanamh cinnteach gum bi i soirbheachail, a' dèanamh cinnteach gum bi a h-uile duine sa chomann-shòisealta againn an sàs ann an dèanamh cho-dhùnaidhean agus a' toirt cumhachd do ghniomhachasan agus do choimhearsnachdan gus pàirt ro-chudromach a chluich anns a' phròiseas lìbhrigidh. Feumaidh sinn uile uallach a ghabhail airson nan gnìomhan againn cuideachd, a' dèanamh cinnteach gu bheil na roghainnean siubhail againn a' cur ri lìbhrigeadh na Ro-innleachd thairis air an ath 20 bliadhna.

Chan eil an Ro-innleachd a' comharrachadh no a' cur air adhart pròiseactan, sgeamaichean, iomairtean no atharrachaidhean sònraigheachte ach tha i a' toirt dhuinn am frèam-obrach ro-innleachdail anns an dèan sinn co-dhùnaidhean mu roghainnean tasgaidh san àm ri teachd.

Tha an Ro-innleachd seo a' cur an cèill Lèirsinn airson siostam còmhdhail na h-Alba anns an ath 20 bliadhna, sin: Gum bi siostam còmhdhail seasmhach, sàbhailte, inghabhalach, agus ruigsinneach againn, a bhios a' cuideachadh gus Alba nas fallaine, nas cothromaiche agus nas soirbheachaile a chruthachadh airson nan coimhearsnachdan, gnìomhachasan agus luchd-tadhail againn.

---

<sup>1</sup> Cuibhligeadh: tha seo a' ciallachadh a bhith a' siubhal ann an cathair-chuibhle.

## **Our Vision**

We will have a sustainable, inclusive, safe and accessible transport system, helping deliver a healthier, fairer and more prosperous Scotland for communities, businesses and visitors.

### **Reduces inequalities**



- Will provide fair access to services we need
- Will be easy to use for all
- Will be affordable for all

### **Takes climate action**



- Will help deliver our net-zero target
- Will adapt to the effects of climate change
- Will promote greener, cleaner choices

### **Helps deliver inclusive economic growth**



- Will get people and goods where they need to get to
- Will be reliable, efficient and high quality
- Will use beneficial innovation

### **Improves our health and wellbeing**



- Will be safe and secure for all
- Will enable us to make healthy travel choices
- Will help make our communities great places to live

Tha ceithir Phriomhachasan mar bhunait den Lèirsinn againn, agus tha trì Builean co-cheangailte ri gach Priomhachas. Tha an Lèirsinn, na Priomhachasan agus na Builean aig cridhe na Ro-innleachd agus bidh iad mar bhunait airson nan co-dhùnaidhean agus airson mar a bhios sinn a' measadh soirbheas nam poileasaidhean còmhdailean ann an Alba san àm ri teachd.

'S e adhbhar Riaghaltas na h-Alba fòcas a bhith air dùthaich a chruthachadh a tha nas soibheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soibheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaonamach a tha seasmhach agus in-ghabhalach. Tha seo a' ciallachadh a bhith a' cruthachadh sòisealtas a tha a' toirt seachad co-ionannachd chothroman agus a tha a' dèanamh cinnteach gun tèid na buannachdan bho eaonamaidh nas treasa a cho-roinn gu cothromach. Tha in-ghabhaileachd agus co-ionannachd nam priomh eileamaidean den Ro-innleachd ùir againn.

Tha suidheachadh èiginneach againn air feadh na cruinne a thaobh na gnàth-shìde cuideachd. Mar thoradh air seo, tha Riaghaltas na h-Alba air targaid reachdail àrd-amasach aontachadh de sgaoilidhean net-zero ro 2045. Bidh còmhdbhail fior chudromach gus an targaid chudromach seo a choileanadh agus tha nas urrainn dhi cur ri seo ri fhaicinn tron Ro-innleachd seo air fad.

Tha ceithir prìomhachasan co-cheangailte againn gus an Lèirsinn againn a lìbhrigeadh: a' lùghdachadh neo-ionannachdan; gniomhach air a' ghnàth-shìde, a' cuideachadh gus fàs eaonamach seasmhach a lìbhrigeadh; agus a' cur ri slàinte is sunnd.

### **Neo-ionannachd air lùghdachadh**

**Gheibh a h-uile duine ann an Alba buannachd bho siostam còmhdbhail ùr-nodha agus ruigsinneach.** Tha còmhdbhail cudromach gus an soisealtas làn inghabhalach a tha sinn ag iarraidh a thoirt gu buil. Fhad 's a tha sinn a' brosnachadh co-ionannachd, bidh na gniomhan againn cuideachd a' lùghdachadh bochdainn, gu sònraichte bochdainn chloinne. Nì an siostam còmhdbhail againn na leanas:

- bheir e seachad ruigsinneachd chothromach air na seirbheisean a dh'fheumas sinn: tha e mar dhleastanas oirnn neo-ionannachdan a lùghdachadh, co-ionannachd chothroman agus bhulean a chur air adhart, a' gabail a-steach feartan dionte aois, ciorraim, ath-shònachadh gnè, pòsaidh agus com-pàirteachais chatharra, torrachais agus màthaireachd, cinnidh, creideimh no feallsanachd, gnè agus taobhadh feise. Ni sinn cinnteach gu bheil ruigsinneachd chothromach aig na coimhleasachdan agus daoine a tha fon ana-cothrom as miosa air na seirbheisean còmhdbhail a dh'fheumas iad. Bheir an siostam còmhdbhail cothrom do dhaoine farsaingeachd de sheirbheisean a chleachdad agus gus na còraichean daonna aca a thoirt gu buil.
- Bidh e furasta ri cleachdad airson na h-uile: tha feumalachdan agus comasan eadar-dhealaichte aig daoine. Aithnichidh an siostam còmhdbhail againn seo agus obraichidh e gus dèanamh cinnteach gun gabh an siostam a chleachdad leis a h-uile duine le cho beag de bhacaidhean 's a ghabhas.
- Gum bi e air prìs reusanta: tha diofar ìrean teachd a-steach aig daoine agus cha bhi an siostam còmhdbhail againn a' cur bacadh air daoine bho bhith a' siubhal mar thoradh air cosgaisean ro àrd. Bidh sinn ag amas air gniomhan san Ro-innleachd gus cuideachadh a thoirt dhan fheadhainn a dh'fheumas an cuideachadh as mothà, a' gabail a-steach an fheadhainn a tha ann am bochdainn.

### **Gniomhach air a' ghnàth-shìde**

**Bidh cothrom aig daoine co-dhùnaidhean siubhail a dhèanamh a lùghdaicheas a' bhuaidh againn air a' ghnàth-shìde san fhad-ùine agus air leas nan ginealaichean ri teachd.** Tha suidheachadh èiginneach againn air feadh na cruinne a thaobh na gnàth-shìde. Feumaidh Alba gluasad a dh'ionnsaigh eaonamaidh le eimiseanan net-zero airson leas na h-àrainneachd, nan daoine, agus airson ar soirbheis fhèin san àm ri teachd. Nì an siostam còmhdbhail againn na leanas:

- Cuidichidh e sinn gus an targaid net-zero againn a choileanadh; tha Achd

Atharrachadh na Gnàth-shìde a chaidh aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba a' gabhail a-steach targaid nas àrd-amasaiche airson sgaoilidhean gas an taigh-glainne a lùghdachadh gu 75% de dh'irean 1990 ro 2030, 90% ro 2040 (i.e. an ùine a tha air a chòmhdaich leis an Ro-innleachd seo) agus sgaoilidhean net-zero a bhith ann ro 2045. 'S e còmhdhail as mothà a tha a' cur ri eimiseanan ann an Alba aig an àm seo agus thèid dèiligidh le seo tro ghrunn cheuman a' gabhail a-steach amas cur às dhan fheum air càraichean is bhanaichean peatrail is dìosail ùra ro 2032, a' toirt buaidh air dòigh-ghiùlain siubhail dhaoine agus a' stiùireadh iarrtais.

- Atharrachaидh e a rèir nam buaidhean bho atharrachadh na gnàth-shìde: ann an Alba tha atharrachadh na gnàth-shìde a' toirt buaidh oirnn mar-thà agus atharrachaидh sinn an siostam còmhdhail againn gus a bhith ath-leumach agus gus na buaidhean cronail air na ginealaichean ri teachd a lùghdachadh.
- Cuiridh e roghainnean nas uaine is nas glaine an comas: thar an ath 20 bliadhna, chì Alba cruth-atharrachadh leantainneach ann an còmhdhail gus am bi roghainnean siubhail seasmhach mar a' chiad roghainn aig daoine ma dh'fheumas iad siubhail. Dealbhaidh sinn an siostam còmhdhail againn gus am bi coiseachd, baidhsagal agus còmhdhail phoblach agus cho-roinnte a' faighinn priomhachas air thoiseach air cleachdad air cleachdad càr priobhaideach.

### A' cuideachadh gus fàs eaconamach seasmhach a lìbhrigeadh

**Bidh siostam còmhdhail aig Alba a chuidicheas le bhith a' lìbhrigeadh fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach a bheir cothrom don dùthaich gu lèir soirbheachadh.** Tha prìomh phàirt aig còmhdhail ann a bhith a' lìbhrigeadh nan ceithir raointean prìomhachais ann an Ro-innleachd Eaconamach na h-Alba: tasgadh, tionnsgalachd, fàs in-ghabhalach agus eadar-nàiseantachadh. Bheir i cothrom do ghniomhachasan cothrom èifeachdach a bhith aca air luchd-solair agus custamairean. Bheir i cothrom do dhaoine air na h-obraichean far an urrainn dhaibh a bhith aig an ìre as tarbhaiche agus gus teachd a-steach ghniomhachasan is dhachaighean àrdachadh tro bhith a' cruthachadh cothrom air cosnadh. Nì an siostam còmhdhail againn na leanas:

- Bidh e a' toirt daoine agus bathar do na h-àiteachan far am feum iad a bhith: bidh seirbheisean agus lionraidhean air an amalachadh gu h-èifeachdach le planadh spàsail is cleachdad fearainn agus leasachadh eaconamach, agus atharraichidh iad a rèir feumalachdan nan saoranach, gnìomhachasan agus luchd-tadhail.
- Bidh e earbsach, èifeachdach agus de dh'àrd-chàileachd: feumaidh a h-uile duine a bhith cinnteach mu cho fada 's a bheir turas, agus gum bi e simplidh agus cofhurtail a dhèanamh. Bidh e comasach dhuinn ar beatha a phlanadh, faighinn dhan obair againn air an uair, faighinn gu foghlam agus trèanadh, agus bathar a lìbhrigeadh gu h-èifeachdach agus gnìomhachasan a chumail a' dol gu rèidh.
- Cleachdaidh e tionnsgalachd a bheir deagh bhuaidh: bidh e na thùsaire agus cleachdaiche airson bathair, seirbheisean agus teicneòlasan ùra a tha air an togail stèidhichte air rannsachadh àrd-inbhe gus ar siostam còmhdhail a leasachadh. Cuiridh sinn cothroman agus tasgadh air dòigh

airson ùr-ghnàthachadh agus airson fàs ann an ùrlaran deuchainn agus sèineachan solair, gus am bi Alba air thoisearch air càch ann an leasachaidhean adhartach a thaobh gluasad seasmhach aig ìre an t-saoghal.

## A' cur ri slàinte is sunnd

**Bidh siostam còmhddail na h-Alba sàbhailte agus bheir e cothrom dhan dùthaich a bhith slàn fallain is gnìomhach.** Feumaidh an siostam còmhddail againn a bhith sàbhailte tèarainte agus feumaidh e misneachd agus earbsa a thoirt dhan luchd-cleachdaidh gun ruig iad an cinn-ùidhe gun chunnart sam bith. Bu chòir dha cuideachd cothrom a thoirt do dhaoine a bhith a' taghadh siubhal gnìomhach gus piseach a thoirt air an cuid slàinte chorporra agus inntinn agus oidhrip a dhèanamh gus neo-ionannachd slàinte a lùghdachadh.

Bu chòir dha taic a chumail ris na Prìomhachasan againn airson Slàinte Phoblach<sup>2</sup>. Nì an siostam còmhddail againn na leanas:

- Bidh e sàbhailte is tèarainte do na h-uile: bidh e fhathast na phrìomhachas a bhith a' cur casg air agus a' lùghdachadh tachartasan/tubaistean air an t-siostam còmhddail.
- Bheir e cothrom dhuinn co-dhùnaidhean siubhail fallain a ghabhail: bidh modhan siubhail gnìomhach mar fhear de na dòighean siubhail as fheàrr le daoine agus bidh deagh bhuaidh aig seo air slàinte is sunnd dhaoine fa leth, an dà chuid le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil daoine nas gnìomhaiche agus le bhith a' toirt piseach air càileachd an adhair. Lùghdaichidh seo a' bhuaidh shòisealta is eaconomach aig ceistean slàinte poblach, mar eisimpleir, slàinte inntinn, ro-reamhrachd, tinneas an t-siùcair seòrsa-2, agus tinneasan analachaidh agus cridh-shoitheach (*cardio-vascular*).
- Cuidichidh e na coimhearsnachdan againn gus a bhith nan àiteachan fior mhath airson fuireach: Bidh àiteachan agus lìonraidhean nas glaine, nas uaine agus nas seasmhaiche agus brosnaichidh iad coiseachd, cubhligeadh agus rothaireachd. Lìbhrigidh seo barrachd eadar-obrachadh sòisealta, bheir e taic do ghnìomhachasan agus sheirbheisean ionadail agus cruthaichidh e coimhearsnachdan beòthail.

Chan eil cuideaman air an toirt do na Prìomhachasan gus an Lèirsinn a lìbhrigeadh agus chan eil gin aca nas cudromaiche na an fheadhainn eile. Ach, tha iad a' nochdadach cho follaiseach 's a tha am feum air dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde agus air seata de phoileasaidhean adhartach gus neo-ionannachd ann an Alba a lùghdachadh.

Chan eil na Prìomhachasan neo-eisimeileach bho chàch a chèile. Mar eisimpleir, cuidichidh leasachadh ar slàinte is sunnd tro bhrosnachadh siubhail gnìomhach sinn gus ceuman a ghabhail a thaobh na gnàth-shìde. Cuidichidh lùghdachadh neo-ionannachdan gus fàs eaconomach seasmhach a lìbhrigeadh.

---

<sup>2</sup> Scotland's public health priorities, 2018, <https://www.gov.scot/publications/scotlands-public-health-priorities/>

Ged as urrainn do na Prìomhachasan a bhith a' dol gu math còmhla, thathar ag aithneachadh gun urrainn poileasaidhean còmhdhail a bhith a' dol an aghaidh a chèile cuideachd agus gum feumar an stiùireadh gu faiceallach. Feumaidh sinn amas air fàs eaconamach a tha in-ghabhalach, far a bheil cothrom aig a h-uile duine a bhith a' gabhail pàirt ann agus a' faighinn buannachd. Cha bu chòir fàs droch bhuaidh a thoirt air a' ghnàth-shìde no air slàinte dhaoine tro chàileachd adhair nas miosa. Nuair a bhios iad a' dealbhadh còmhdhail, feumaidh luchd-dèanamh cho-dhùnaidhean smaoineachadh air mar a bheir na co-dhùnaidhean aca buaidh air an Lèirsinn, na Prìomhachasan agus na Builean.

## **Caibideil 3 – Dùbhlain làithreach agus dùbhlain a tha a’ tighinn am bàrr**

Anns na beagan bhliadhnaichean mu dheireadh, chunnaic sinn grunn għluasadan dōchasach ann an còmhdhail. Mar eisimpleir, tha tursan luchd-siubhail air ScotRail air leudachadh<sup>3</sup>. Tha an àireamh de dhaoine a chaidh a leòn no a mharbhadh air an rathad aig an ire as īslē bho thòisiclear air clàran bliadhnail a dhèanamh ann an 1950<sup>4</sup>. Tha clàraighean charbadan fior-bheag-eimisein (ULEV - ultra-low emission vehicles) air a dhol suas gu mòr ann an Alba<sup>5</sup>.

Chaidh mòran shlighean ùra a libhriġeadh gus an gabh barrachd thursan a dhèanamh le coiseachd, cuibhligedh agus baidhsagal<sup>6</sup>.

A dh'aindeoin nan leasachaidhean adhartach sin, tha grunn dhùbhlain fhathast mu choinneamh siostam còmhdhail na h-Alba: tha duilgheadasan aig mòran dhaoine nuair a tha iad a' feuchainn ris na seirbheisean a tha a dhìth orra a ruigsinn; tha carbadan fhathast a' sgaoileadh għasaichean an taigh-glainne agus a' truailleadh nan àiteachan far a bheil sinn a' fuireach agus ag obair; tha dùmhlaichd agus dàil fhathast ann do gniomhachasan a tha a' feuchainn ris an luchd-ceannach aca a ruigsinn; agus tha cnapan-starra fhathast aig daoine nuair a tha iad airson rothaireachd no coiseachd dhan cheann-uidhe aca. Ma tha an Ro-innleachd gu bhith na meadhan air atharrachadh agus ma tha e gu bhith a' libhriġeadh na Léirsinn, Bhuilean agus Phriomhachasan againn, feumaidh e aghaidh a chur air na dùbhlain seo mar chithear gu h-ìosal.

<sup>3</sup> Scottish Transport Statistics Air 37, 2018, Caibideil 7

<sup>4</sup> Key Reported Road Casualties Scotland 2018

<sup>5</sup> Scottish Transport Statistics Air 37, 2018, Clàr 13.7

<sup>6</sup> Riaghaltas na h-Alba



## Reduces inequalities

- Will provide fair access to services we need
- Will be easy to use for all
- Will be affordable for all

### Bochdainn agus bochdann chloinne

Eadar 2015 agus 2018 bha còrr air millean saoranach Albannach a' fuireach ann am bochdann coimeasach gach bliadhna, a' gabhail a-steach faisg air 25% de chloinn<sup>7</sup>. Tha End Child Poverty a' dèanamh tuairmse gun robh an ire seo nas àirde na 40% ann an cuid de sgìrean ann an Glaschu<sup>8</sup>. Tha ciorram no trioblaidean slàinte leantainneach air tòrr de na daoine a th' ann am bochdann cuideachd. A bharrachd air seo, tha rannsachadh<sup>9</sup> air innse gu bheil còrr air millean duine ann an Alba cuideachd a' fuireach ann an sgìrean far a bheil iad ann an cunnart fulang bho bhochdann còmhdhail<sup>10</sup>. Tha Achd Bochdann Cloinne (Alba) a' suidheachadh thargaidean geàrr-ùine (2023 - eadar-amail) agus fad-ùine (2030) agus feumaidh còmhdhail cur ri coileanadh nan targaidean sin.

Gu tric, chan fhaod daoine air teachd a-steach ìosal ceanglaichean sòisealta a chumail suas no cothroman obrach no trèanaidh a ruiginn mar thoradh air dith no cosgaisean roghainnean còmhdhail. 'S e cosgais an rud as mothà air an tug an fheadhainn le teachd a-steach ìosal iomradh mar chnap-starra a thaobh còmhdhail. Chaidh seo a dhaingneachadh leis an obair chonaltraidh a rinneadh gus cur ris an Ro-innleachd seo.

Ann an 2016-18, b' e £68.20 a' chosgais chuibheasach air còmhdhail is carbadan ann an Alba gach seachdain, mun t-seachdamh cuid de chosg ionlan na dachaigh. Tha am figear seo air tuiteam beagan bhon ire às àirde de còrr is 15% ann an 2012-14 ach tha e fhathast na chuid nach beag den teachd a-steach aig daoine<sup>11</sup>.

Tha daoine ann an dachaighean le teachd-a-steach ìosal nas dualtaiche siubhal air bus, agus tha an fheadhainn ann an dachaighean le teachd-a-steach nas àirde nas dualtaiche siubhal ann an càr. Bidh 41% de dhaoine a tha a' fuireach ann an dachaigh le teachd a-steach nas lughna £10,000 a' cleachdadh bus co-dhiù aon turas gach seachdain, an coimeas ri 15% dhaibhsan le teachd-a-steach nas mothà na £50,000<sup>12</sup>.

A bharrachd air seo, tha cothrom aig 41% de theaghlaichean le nas lughna na £10,000 sa bhliadhna air càr no air barrachd air aon chàr. Tha seo a' dol suas gu 96% airson an fheadhainn aig a bheil teachd a-steach dachaigheil de £50,000 no nas àirde<sup>13</sup>.

<sup>7</sup> Poverty and Income Inequality in Scotland: 2015-2018, Riaghaltas na h-Alba, 2019

<sup>8</sup> <http://www.endchildpoverty.org.uk/poverty-in-your-area-2019/>

<sup>9</sup> Transport Poverty in Scotland, Sustrans 2016

<sup>10</sup> Tha Sustrans a' meas gu bheil daoine ann an cunnart bho bhochdann còmhdhail nuair nach eil cothrom aca air seirbheisean riatanach no air obair air sgàth dith roghainnean còmhdhail air prìs reusanta.

<sup>11</sup> Cosgais aig dachaighean air còmhdhail agus carbadan an coimeas ri teachd a-steach seachdaineil na dachaigh a rèir ONS

<sup>12</sup> Transport and Travel in Scotland, 2018, Clàr 28

<sup>13</sup> Transport and Travel in Scotland, 2018, Clàr 18

Mar sin, tha còmhdhail phoblach cudromach do na daoine aig a bheil teachd a-steach iosal gus am faigh iad cothrom air na seirbheisean is goireasan a tha a dhìth orra. Ach, ann an tòrr sgìrean aig a bheil àrd-ìre de dh'ana-chothrom sòisealta, tha roghainnean siubhail uaireigin cuingichte no gu math daor. Dh'fhaodte gun toir seo buaidh a bharrachd air bochdann.

Mar eisimpleir, ma tha ruigsinneachd air mòr-bhùthan air a chuingealachadh le dìth còmhdhail phoblaich, dh'fhaodte gu bheil seo a' fàgail gu bheil roghainnean cuibhrichte aig daoine agus gum bi aca ri dhol do bhùithLEAN ionadail far as dòcha gum bi prísean nas àirde.

## Aonarachd shòisealta

Gu cruinneil, tha sinn nas ceangalite na bha sinn riamh roimhe. Tha adhartas teicneòlais a' leigeil leinn a bhith ann an conaltradh le daoine air feadh an t-saoghal ann an diofar dhòighean aig àm sam bith.

Ach, tha tòrr dhaoine a' faireachdainn aonarachd shòisealta, le 6% de dh'inbhich, mar eisimpleir, a' dèanamh ceangal le caraidean, càirdean no nàbaidhean nas lugha na turas no dhà san t-seachdain<sup>14</sup>. A bharrachd air seo, tha tòrr dhaoine air a bheil ciorram a' faireachdainn gu bheil iad glacte mar thoradh air dìth còmhdhail ruigsinneach, gu sònraichte ann an eileanan agus àiteachan dùthchail.

Tha barrachd aithne ann gu bheil aonarachd shòisealta na chùis slàinte phoblach mhòr a bheir buaidh nach beag air sunnd corporra agus inntinneil dhaoine. Tha fianais a' sealltainn gu bheil aonaranachd cumanta air feadh na h-Alba<sup>15</sup>. Tha e soilleir gu bheil àite aig còmhdhail ri cluich ann a bhith a' lùghdachadh aonarachd shòisealta.

## Neo-ionannachdan Gnè

### Modhan-giùlan siubhail iom-fhilit

Tha mòran fianais air feadh na RA agus na Roinn Eòrpa a' sealltainn gu bheil grunn chnapan-starra ro bhoireannaich a tha a' toirt buaidh air mar a bhios iad a' siubhal agus ciamar a tha na tursan sin dhaibh. Tha mar a tha obair air a co-roinn eadar fir is boireannaich a' ciallachadh gum bi boireannaich gu tric a' dèanamh tuilleadh 's a chòrr den obair cùraim agus obair dhachaigheil an taca ri fir, cho math ri obair làn-ùine no pàirt ùine<sup>16</sup>. Mar thoradh air an seo, tha boireannaich nas dualtaiche tursan ioma-stad agus ioma-adhbhar a dhèanamh, ris an canar 'trip-chaining', a' gabhail a-steach siubhal a dh'obair le tursan airson adhbharan eile leithid a bhith a' toirt clann dhan sgoil, a' coimhead às dèidh buill teaghlaich no a' dol do na bùithLEAN<sup>17</sup>.

Ann an Sasainn ann an 2014, cha deach 14% de bhoireannaich a bha a' dol a dh'obair aig an àm thrang den mhadainn dìreach bhon dachaigh dhan obair, an taca

<sup>14</sup> Scottish Health Survey 2017 eagan, 2018

<sup>15</sup> Our Voice Citizen's Panel (2017). Sgrùdadh air dàimhean le proifeiseantaich slàinte is cùram sòisealta, co-dhùnaidhean co-roinnnte, mar a tha aonaranachd a' toirt buaidh air daoine ann an Alba, agus dè cho math 's a tha seirbheisean ag obair gu h-ionadail. td 46. URL: <https://www.ourvoice.scot/697/documents/1058>

<sup>16</sup> ONS (2016) Women shoulder the responsibility of 'unpaid work'

<sup>17</sup> Department for Transport (2014) National Travel Survey: Trip Chaining: 2002-2014

ri 7% de dh'fhir. Bha boireannaich nas dualtaiche na fir a bhith a' dol a dh'obair an dèidh a bhith a' toirt clann chun na sgoile. Bha boireannaich a tha ag obair pàirt-ùine nas dualtaiche turas ioma-stad a bhith aca na boireannaich a tha ag obair làn-ùine no na fir, ge b' e dè an inbhe obrach a bh' aca<sup>18</sup>. A bharrachd air seo, mar as trice thèid siostaman còmhdhail poblach a dhealbhadh a rèir feumalachdan nan coimiutairean le pàtranan obrach 'naoi-gu-còig' traidsante, agus mar sin a tha stèidhichte air pàtran siubhail a tha gu ìre mhòr fireann<sup>19</sup>. Mar thoradh air sin, chan eil clàran-ama agus slighean còmhdhail poblach air an dealbhadh airson a bhith freagarrach airson dòighean-giùlain siubhail airson daoine a tha a' dèanamh obair càraim gun phàigheadh no cosnadh pàirt-ùine<sup>20</sup>.

Tha boireannaich nas dualtaiche siubhal air busaichean agus chan eil iad cho buailteach ri fireannaich a bhith a' siubhal air tràëanaichean<sup>21</sup>.

Tha tuigse air na puingean sin mu dhòighean-giùlain siubhail nam ban deatamach ann a bhith ag aithneachadh, mar eisimpleir, mar a tha gearraidhean air seirbheisean bus le subsadaidh air buaidh neo-chothromach a thoirt air boireannaich, a bharrachd air mar nach eil boireannaich cho dualtach buannachd fhaighinn bho faraidhean rèile lasaichte agus tiocaidean ràithe<sup>22</sup>. Tha cion solar còmhdhail poblach iomchaidh a' cruthachadh chnapan-starra a bharrachd do bhoireannaich le bhith a' faighinn cothrom air cosnadh is foghlam<sup>23</sup>, mar sin feumar tuigse fhaighinn air dòighean-giùlain agus feumalachdan siubhail nam ban agus seo a chur an sàs ann an dealbhadh sheirbheisean.

Bu chòir aideachadh cuideachd nach eil suidheachadh nam boireannaich uile coltach ri chèile. Feumar beachdachadh air cò ris a tha siostam na còmhdhail dhaibh le sealladh air aois, ciorram, cinneadh, gnèitheachd, agus clas, tomhasan a dh' fhaodadh cur ri cuid de na duilgheadasan agus na dùblain a tha romhpa.

Mar sin, tha e ro-chudromach gun tuig sin na dòighean-giùlain siubhail iom-fhillte aig boireannaich gus an dèan sinn cinnteach gu bheil cothrom co-ionann aig a' bhuidhinn seo, anns a bheil a' mhòr-chuid den t-sluagh, agus gus cuideachadh le bhith a' cur an aghaidh neo-ionannachd tuarastal nan gnè ann an Alba mar a chaidh a chur an cèill ann am Plana gnìomh Neo-ionannachd Tuarastal Gnè aig Riaghaltas na h-Alba.

### Bochdainn agus gnè

Bidh cuibhreann nas motha de bhoireannaich ag obair uairean pàirt-ùine (44% an coimeas ri 15% de fhir), le còrr air 75% de luchd-obrach pàirt-ùine na h-Alba nam boireannach<sup>24</sup>. Tha boireannaich cuideachd nas dualtaiche a bhith ann an obair le tuarastal iosal, agus tha 64% de dhaoine a tha air am pàigheadh nas isle na Tuarastal Bith-beò nam boireannaich<sup>25</sup>. Gu sònraichte, tha pàrantan singilte, a' mhòr-chuid aca nam boireannaich, nas dualtaiche a bhith ann am bochdainn na inbhich

<sup>18</sup> ibid

<sup>19</sup> UK Women's Budget Group (2018) Briefing on Public Transport and Gender

<sup>20</sup> Greed (2019) Are we still not there yet? Moving along the gender highway, chapter in Scholten and Joelsson (eds) Integrating gender into transport planning: from one to many tracks; Transport Innovation Gender Observatory Project

<sup>21</sup> Transport and Travel in Scotland 2019

<sup>22</sup> UK Women's Budget Group (2018) Briefing on Public Transport and Gender

<sup>23</sup> Department for Transport (2019) Transport and Inequality

<sup>24</sup> Pàipear Ullachaidh Leabharlann Taigh nan Cumantan (2019): Boireannaich agus an eaonamaidh

<sup>25</sup> SPICe (2016) The Living Wage: Facts and Figures

shingilte eile aig aois obrach ann an Alba<sup>26</sup>. Mar sin, tha e deatamach gum bi gnè san amharc nuair a thathar a' beachdachadh air bochdainn còmhail. Gu dearbh, tha dlùth-cheanglaichean eadar bochdainn nam ban agus bochdainn chloinne is mar sin, tha e coltach gun toir brosnachadh co-ionannachd gnè deagh bhuaidh air cur an aghaidh bochdainn chloinne cuideachd.

### A' faireachdainn sàbhailte agus eagal ro fhòirneart

Bu chòir beachdachadh cuideachd air na dòighean anns am faod faireachdainean sàbhailteachd agus eagal bho fhòirneart, buaidh a thoirt air giùlan siubhail nam ban<sup>27</sup>. Tha boireannaich nas dualtaiche na fir a bhith a' gabhail dragh no dragh mòr mun chunnart gun tèid ionnsaigh dhrabasta a thoirt orra agus chan iad cho buailteach ri fireannaich a bhith ag aithris gu bheil iad a' faireachdainn glè shàbhailte no gu ìre mhath sàbhailte leotha fhèin air an oidhche (66% an taca ri 89%)<sup>28</sup>.

Bidh droch-dhiòl cho-cheangailte ri gnè agus sàrachadh feiseil gu sònraichte co-cheangailte ri còmhail phoblach<sup>29</sup> le draghan air daoine mu shàbhailteachd phearsanta nuair a thathar a' siubhal<sup>30</sup>. Faodaidh sàrachadh feiseil a bhith co-cheangailte ri seòrsachan eile de dhroch-dhiòl leithid gràin-cinnidh, gràin co-sheòrsachd, gràin tar-ghnèitheach, agus sàrachadh co-cheangailte ri ciorram<sup>31</sup>, agus mar sin tha e deatamach beachdachadh air mar a bhios eagal is cunnartan fòirneart co-cheangailte ri còmhail phoblach a' toirt buaidh mhì-chothromach air boireannaich bho mhion-chinnidhean, a tha leasbach, dà-sheòrsach, tar-ghnèitheach no ciorramach.

### **Feumalachdan còmhail dhaoine òga ag atharrachadh**

Tha e na dhùbhlann mòr a bhith ag atharrachadh an t-siostaim còmhail a rèir nan atharrachaidhean ann an deamografaidh na h-Alba agus nam feumalachdan eadar-dhealaichte is atharrachail aig na diofar bhuidhnean aoise.

Tha fianais a' sealltainn gu bheil isleachadh ann an àireamh nan tursan a tha daoine òga (aois 17 gu 29) a' gabhail ann an Alba<sup>32</sup>. Dh'fhaodte nach eil na h-adhbharan air seo co-cheangailte ri còmhail, ach is cinnteach gu bheil iad a' toirt buaidh oirre, a' gabhail a-steach:

- gum bi mòran dhaoine òga a' conaltradh barrachd leis na meadhanan sòisealta seach gu pearsanta agus mar sin chan eil an uiread de dh'fheum aca air siubhal
- bidh barrachd òigridh a' dèanamh foghlam adhartach agus àrd-ìre, tha aca ri barrachd a chosg air taigheadas, chan eil iad ann an obair phàighte gus am bi iad nas sine agus mar sin, tha nas lugh aca ri cosg air siubhal.

Sheall an co-chonaltradh a rinneadh le Young Scot airson na Ro-innleachd gun robh cothrom air, agus cosgais còmhail phoblach - gu sònraichte gu foghlam adhartach

<sup>26</sup> Poverty and Income Inequality in Scotland 2015-18

<sup>27</sup> Equally Safe Strategy, Riaghaltas na h-Alba 2016

<sup>28</sup> Scottish Crime and Justice Survey 2018

<sup>29</sup> House of Commons Women and Equalities Committee (2018) Sexual Harassment of women and girls in public places

<sup>30</sup> Government Office for Science (2018) Inequalities in Mobility and Access in the UK

<sup>31</sup> House of Commons Women and Equalities Committee (2018) Sexual Harassment of women and girls in public places


<sup>32</sup> Is the urbanisation of young adults reducing their driving? Chatterjee et al., 2018

is foghlam àrd-ìre, agus sàbhailteachd phearsanta air còmhdhail am measg nan rudan a bu chudromaiche dhan òigridh<sup>33</sup>.

### A' coileanadh nam feumalachdan aig sluagh a tha a' fàs nas sine

Tha sluagh na h-Alba a' fàs nas sine. Ann an 2018, bha 455,000 neach ann an Alba a bha 75 no nas sine. Ro 2043, thathar an dùil gum fàs am figear seo gu 776,000, àrdachadh de beagan air 70%<sup>34</sup>.

## Scotland's older population is predicted to increase



### Clàr 1: Atharrachadh sluaigh ris a bheilear an dùil a rèir aois

Gu h-eachdraidheil, mar a bu shine a dh'fhàsadhsa daoine, 's ann na bu lugha a bhiodh iad a' siubhal ach san latha an-diugh, tha seann daoine nas fhallaine, nas beairtiche agus nas gluasadaiche an coimeas ri ginealaichean roimhe. Tha iad dualtach a bhith ag iarraidh a bhith a' siubhail barrachd agus feumaidh an siostam còmhdhail againn taic a chumail ri seo gus dèanamh cinnteach nach eil seann daoine iomallach gu sòisealta, g' e b' e far a bheil iad a' fuireach.

Fhuair an obair co-chomhairle a rinneadh mar phàirt de dh'obair deasachaidh na Ro-innleachd a-mach gun robh factaran a bha a' toirt buaidh air seann daoine a' gabhail a-steach charbadan nach eil ruigsinneach (a' gabhail a-steach thagsaidhean, bhusaichean agus thrèanaichean), cofhurtachd nan tursan, tricead nan seirbheisean bus agus droch amalachadh eadar diofar sheirbheisean còmhdhail.

### Na feumalachdan còmhdhail aig daoine air a bheil ciorram

Tha a' chuibreann de dh'inbhich air a bheil tinneas no ciorram slàinte inntinn no corporra fad-ùine a' dol am meud mar a bhios an sluagh a' fàs nas sine. Eadar 2008 agus 2017, chaidh a' chuibreann de bhoireannaich air a bheil tinneas no ciorram slàinte inntinn no corporra fad-ùine am meud bho 28% gu 34%. Aig an aon àm,


<sup>33</sup> National Transport Strategy Review Young Scot, Ògmhios 2019

<sup>34</sup> Ro-mheasadh air an t-Sluagh, Clàran Nàiseanta na h-Alba (stèidhichte air 2018)

chaidh a' chuibreann de dh'fhireannaich air an robh tinneas no ciorram slàinte inntinn am meud bho 23% gu 29%<sup>35</sup>.

## The increasing proportion of Scottish adults with a long-term limiting mental or physical health condition or disability

Women  
All Adults  
Men



### Clàr 2: Àireamh sa cheud de dh'inbhich air a bheil suidheachadh slàinte inntinn no corporra fad-ùine

Tha na h-aon chòraichean aig daoine air a bheil ciorram 's a th' aig a h-uile saoranach eile<sup>36</sup> a thaobh cothrom co-ionann air cosnadh agus goireasan slàinte agus càram slàinte gus pàirt a ghabhail ann an gnìomhan ionnsachaidh, sòisealta, cur-seachad agus cultair gus am bi beatha cho coileanta 's a ghabhas aca.

Ach, is urrainn cnapan-starra siubhail duilgheadasan mòra adhbharachadh do dhaoine air a bheil ciorram. Am measg nam prìomh dhùbhlain ris am feum an siostam còmhdhail dèiligeadh tha:

- cothrom a bhith ann air fiosrachadh siubhail ceart is buntainneach an dà chuid ro agus rè an turais
- cothrom a bhith ann ionadan-iomlaid còmhdhail phoblach a chleachdad
- a bhith comasach air carbadan còmhdhail poblach a chleachdad
- a bhith comasach air eadar-ghluasad eadar a h-uile modh còmhdhail
- draghan a thaobh sàbhailteachd agus cofhurtachd air lònra na còmhdhail phoblaich

<sup>35</sup> Scottish Health Survey 2018 eagan, 2019 (am fios as ùire a tha ri fhaighinn)

<sup>36</sup> United Nations Convention on the Rights of Persons with Disabilities

<https://www.un.org/development/desa/disabilities/convention-on-the-rights-of-persons-with-disabilities.html>

Tha solarachadh còmhdhail airson slàinte is cùram sòisealta uaireannan dùblanach do sheann daoine is daoine air a bheil ciorram. Tha fianais a' sealltainn gu bheil duilgheadas air a bhith aig 98% de dhaoine air a bheil ciorram le bhith a' cur air dòigh, no a bhith a' faighinn còmhdhail airson coinneamhan slàinte<sup>37</sup>.

Tha cosgais cuideachd na dùblan do dhaoine air a bheil ciorram. Ged a tha Sgeama Siubhail Lasaichte Nàiseanta ann dhaibhsan a tha ion-roghnach, tha daoine air a bheil ciorram nas dualtaiche fulang bho bhacaidhean cosgais air còmhdhail an coimeas ri daoine air nach eil ciorram. Tha cuibreann nas lugha de dhaoine air a bheil ciorram ann an obair an taca ris an fheadhainn air nach eil ciorram, agus tha iad cuideachd nas dualtaiche a bhith fo bhuaidh bochdainn na daoine air nach eil ciorram<sup>38</sup>.

Tha na cnapan-starra seo a' ciallachadh gu bheil ìrean nas lugha de shiubhal am measg dhaoine air a bheil ciorram agus gu bheil iad seo a' cur ri farsaingeachd de bhuaidhean nach eil do-sheachanta.

### Atharrachaidhean roinneil ann an Alba

Tha dùblain còmhdhail eadar-dhealaichte ann an diofar roinnean ann an Alba. Is dòcha nach bi na cnapan-starra còmhdhail a tha mu choinneimh an fheadhainn a tha a' fuireach ann am bailtean agus cathair-bhailtean ann am Meadhan na h-Alba co-ionann ris an fheadhainn ann am bailtean agus cathair-bhailtean ann am páirtean eile de dh'Alba no, gu dearbh, anns na coimhearsnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach againn. A bharrachd air seo, dh'fhaodte gu bheil feumalachdan còmhdhail eadar-dhealaichte aig diofar sgìrean den dùthaich gus na h-amasan aca airson siubhal in-ghabhalach a choileanadh. Bidh feum air farsaingeachd de dh'fhuasglaidhean airson nan dùblan seo agus air diofar mhodailean riaghlaidh gus an lìbhrigeadh.

### Bailtean agus Cathair-bhailtean

Tha na cathair-bhailtean againn a' fàs. Mar thoradh air dìth taigheadais air prìs reusanta ann am meadhan nam mòr-bhailtean, tha barrachd frith-bhailtean ann le barrachd sgeamaichean taigheadais, agus tha seo air buaidh a thoirt air feumalachdan agus pátranan siubhail, gu sònraichte a-steach gu meadhan nan cathair-bhailtean far a bheil tòrr chothroman obrach stèidhichte. Ma leanas na gluasadan seo, chì na mòr-bhailtean againn fàs ann an taigheadas agus ann an sluagh thairis air an ath 20 bliadhna<sup>39</sup>. Tha an sluagh ann an tòrr de na bailtean againn a' fàs cuideachd, gu sònraichte an fheadhainn ann am meadhan na h-Alba agus ann an àiteachan far an urrainn do dhaoine siubhal do na cathair-bhailtean againn airson obair.

Tha na h-atharrachaidhean a' cur cuideam agus iarrtas a bharrachd air na siostaman còmhdhail againn agus an àireamh de dhaoine ann an àiteachan sònraichte a tha gan cleachdad a' fàs agus na pátranan siubhail aca ag atharrachadh mar thoradh air diofar dhòighean beatha. Mar eisimpleir, tha barrachd dhaoine ag iarraidh a dhol gu meadhan nan cathair-bhailtean againn, gu tric ann an càraichean priòbhaideach, agus tha seo a' toirt buaidh air atharrachadh na gnàth-shìde agus càileachd adhair. Bidh an t-iarrtas a tha a' sìor fhàs airson àiteachan poblach nas uaine le càileachd

<sup>37</sup>. Mobility and Access Committee for Scotland, Report: Transport to Health and Social Care, am Faoilleach 2019

<sup>38</sup> Joseph Rowntree Foundation, <https://www.jrf.org.uk/report/poverty-scotland-2018>

<sup>39</sup> Ro-mheasadh air an t-Sluagh le Clàran Nàiseanta na h-Alba

adhair ionadail nas fheàrr agus sàbhailteachd nas fheàrr airson siubhal gnìomhach cuideachd a' toirt buaidh air mar as urrainn do charbadan sgìrean bailteil a chleachdadh agus an dòigh anns am bi sinn a' siubhal ann an sgìrean bailteil.

Le barrachd charbadan, tha barrachd dùmhachd-trafaig ann, le gnìomhachasan a tha stèidhichte ann am meadhan nam mòr-bhailtean, no a' frithealadh meadhan nam mòr-bhailtean, a' faicinn àrdachadh ann an amannan siubhail, rud a tha a' toirt buaidh air cosgaisean agus coileanadh nan gnìomhachasan.

Mar thoradh air an dùmhachd trafaig seo, tha tuigse a' fàs gum feumar aghaidh a chur air an uiread de charbadan tro cheuman gus iarrtas a stiùireadh gu h-èifeachdach agus gus roghainnean siubhail nas seasmhaiche a bhrosnachadh.

Tha tàrr de na coimhairsnachdan fon ana-chothrom as miosa ann an Alba ann an cathair-bhailtean, gu sònraichte ann an sgìrean air iomall nam bailtean. Ach feumaidh tàrr de na daoine a bhith a' siubhal astar fada airson cothroman obrach oir tha tàrr den obair stèidhichte ann am meadhan nan cathair-bhailtean.

### Àiteachan dùthchail agus iomallach

Tha 98% de thalamh na h-Alba air an dùthaich ach chan eil ach 17% den t-sluagh a' fuireach ann. Tha dùblain a bharrachd aig an fheadhainn ann an sgìrean iomallach agus dùthchail sa bheatha làitheil aca na th' aig daoine a tha a' fuireach ann an àiteachan air tìr-mòr nach eil cho dùthchail no a tha a' fuireach ann an sgìrean bailteil.

Mar as trice, tha aig daoine ann an sgìrean dùthchail ri siubhal nas fhaide gus cothrom fhaighinn air seirbheisean agus mar as trice, tha nas lugha de roghainnean aca a thaobh còmhdhail phoblach, rud a tha a' ciallachadh gum bi dachaighean dùthchail a' dràibheadh nas trice na dachaighean bailteil mar as trice<sup>40</sup>. Tha e cuideachd nas duilge seirbheisean amalachadh ann an sgìrean dùthchail leis gu bheil an luchd-còmhnaidh sgapte agus gu bheil dùmhachd sluaigh ìosal. A bharrachd air seo, tha fèill air còmhdhail phoblach gu math ìosal ann an iomadh sgìre dhùthchail uaireannan a chionn 's gum bi daoine a' dràibheadh barrachd gu tric, a tha a' fàgail gu bheil faraidhean àrd agus/neo gu bheil feum air subsadaidh. Tha ro-mheasaidhean ann gun cròn àireamhan an t-sluagh ann an iomadh àite iomallach agus dùthchail ann an Alba, le ire dùmhachd-sluagh ìosal a tha ga dhèanamh nas dùbhlanaiche do chompanaidhean còmhdhail poblach seirbheisean ion-obrachail a libhrigeadh air stèidh coimeirsealta. Tha crònadh-sluagh ann an àiteachan dùthchail air barrachd aire fhaighinn gu ire mar thoradh air fianais a tha a' sior fhàs mu nàdar agus buaidh dì-dhaoineachadh ann an Alba dhùthchail, agus air na cùisean sònraichte co-cheangailte ri imrich a tha ag èirigh bho bhith a' fàgail an AE.

Le slighean nas fhaide a dh'obair agus connadh nas daoire, curidh seo mu £30-£40 ris na cosgaisean cuibheasach an taca ri sgìrean dùthchail ann an Sasainn<sup>41</sup>.

Mar sin, is urrainn cosgaisean còmhdhail a bhith nam fior dhùbhlann do dhaoine

<sup>40</sup> Scottish Transport Statistics Àir 37, 2018, Clàr 11.10

<sup>41</sup> A Minimum Income Standard for Remote Rural Scotland, 2013,

<http://www.hie.co.uk/regional-information/economic-reports-and-research/archive/a-minimum-income-standard-for-remote-rural-scotland.html>

aig a bheil teachd-a-steach iosal a tha a' fuireach ann an sgìrean dùthchail, gu sònraichte nuair a dh'fheumas iad cothrom fhaighinn air obair agus seirbheisean deatamach mar eisimpleir slàinte is foghlam.

Bidh cosgaisean àrd agus mar nach eil seirbheisean còmhddhail ann gu tric cuideachd a' toirt buaidh gu sònraichte air òigradh, a' toirt droch bhuaidh air cothroman obrach agus foghlaim. Tha cosgaisean lìbhrigidh mar as trice nas àirde do dhaoine ann an sgìrean dùthchail agus bheir seo buaidh nas mothà agus barrachd dhaoine a' gluasad gu seopadaireachd air-loidhne. Bidh cùisean ruigsinneachd agus cosgais cuideachd a' toirt buaidh air daoine air a bheil ciorram a tha a' fuireach ann an sgìrean iomallach agus dùthchail – ma tha duilgheadasan aca a thaobh a bhith a' faighinn cothrom air, agus a' pàigheadh airson còmhddhail phoblach, dh'fhaodadh gum bi e doirbh cothroman cosnaidh a lorg agus a ghabhail, agus faodaidh gun tèid barrachd dhaoine air a bheil ciorram a chumail ann am bochdainn agus aonarachd.

Feumaidh tòrr dhaoine is ghniomhachasan ann an coimhearsnachdan iomallach is dùthchail a bhith ceangailte ri sgìrean bailteil, agus gu sònraichte ri cathair-bhailtean na h-Alba. Ach tha dùbhlan ro chuid de na coimhearsnachdan eileanach nach gabh turas a dhèanamh gu cathair-bhaile agus air ais air an aon latha airson obair<sup>42</sup>.

A bharrachd air sin, tha còmhddhail ann an sgìrean dùthchail gu sònraichte cudromach leis gu bheil mòran ghniomhachasan anns na sgìrean sin beag agus mar sin, tha iad feumach air deagh bhun-structair còmhddhail gus taic a chumail ri lìbhrigidhean agus solaraichean, cothrom air mòr-ionadan gnìomhachais, siubhal gu luchd-ceannach agus astar dhan mhargadh.

Tha fianais a' sealltainn nach eil cothrom cho goireasach air seirbheisean aig cuibhreann nas mothà de dhaoine ann an sgìrean dùthchail iomallach agus sgìrean dùthchail ruigsinneach<sup>43</sup>. Tha àiteachan bailteil is dùthchail ann an Alba far a bheil an ìre làithreach de chòmhddhail poblach, a' ghabhail a-steach còmhddhail ruigsinneach, agus cùisean ceangailteachd air a bhith nan cnapan-starra a thaobh cothrom fhaighinn air cothroman cosnaidh, foghlaim, trèanaidh no càram slàinte. Bha an ìre riarachaидh le còmhddhail phoblach ann an sgìrean bailteil mòra aig 77%, an taca ri dìreach 44% ann an àiteachan dùthchail ruigsinneach<sup>44</sup>.

Tha dìth còmhddhail phoblach na dhùbhlan sònraichte ann an sgìrean dùthchail do dhaoine òga, agus e na chnap-starra ro bhith a' faighinn cothrom air foghlam, trèanadh agus fastadh. Is urrainn seo imrich às an sgìre adhbharachadh san ùine fhada<sup>45</sup> agus buaidh a thoirt air cho seasmhach 's a tha na coimhearsnachdan iomallach is dùthchail.

### Coimhearsnachd Eileanach

Tha na h-aon duilgheadasan aig coimhearsnachdan eileanach 's a tha aig daoine a tha a' fuireach ann an sgìrean dùthchail agus iomallach, ach gu tric, tha na dùblain nas mothà.

<sup>42</sup> Tha amas aig Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean tiocaid-latha dà-shligheach a bhith ann gu cathair-bhaile air prìs reusanta.

<sup>43</sup> Transport and Travel in Scotland 2018, Clàr 33

<sup>44</sup> Scottish Household Survey 2019, Clàr 9.3, dàta 2018

<sup>45</sup> Suirbhidh HIE, 2018

Tha rannsachadh air sealltainn<sup>46</sup> gu bheil an teachd a-steach as ìse a dh'fheumas teaghlaichean airson inbhe beatha iomchaidh a bhith aca ann an coimhearsnachdan eileanach na h-Alba fada nas àirde na dh'fheumas daoine sa chòrr den RA, agus gu tric nas àirde na ann an sgìrean eile ann an Alba dhùthchail. Am measg nam factaran a tha ag adhbharachadh cosgaisean a bharrachd airson dachaighean eileanach an taca ris a' chòrr den RA, tha:

- astaran siubhail a dh'obair nas fhaide, còmhla ri cosgaisean connaidh nas àirde
- duilgheadasan a thaobh clàran-ama co-fhillte
- a' chosgais a bharrachd airson turasan a bhios a dhìth gu tir-mòr bho àm gu àm
- cosgaisean aiseig/adhair a bharrachd airson siubhal eadar eileanan

Tha cosgaisean bathair a bharrachd air coimhearsnachdan eileanach uaireannan, mar eisimpleir, a' toirt biadh às an tuathanas agus biadh mara dhan mhargadh no a' toirt a-steach connadh no stuthan is luchd-obrach togail. Tha cosgaisean a bharrachd airson lìbhrigeadh nan dùbhlain cuideachd.

Is urrainn do chòmhaghail droch bhuaidh a thoirt air seasmhachd fhad-ùine nan coimhearsnachdan eileanach, coltach ris an t-suidheachadh ann an àiteachan dùthchail agus iomallach.

---

<sup>46</sup> A Minimum Income Standard for Remote Rural Scotland, 2013,  
<http://www.hie.co.uk/regional-information/economic-reports-and-research/archive/a-minimum-income-standard-for-remote-rural-scotland.html>



## Takes climate action

- Will help deliver our net-zero target
- Will adapt to the effects of climate change
- Will promote greener, cleaner choices


### Suidheachadh èiginneach cruinneil na gnàth-shìde

Tha suidheachadh gnàth-shìde na cruinne èiginneach agus feumaidh sinn na sgaoilidhean gas taigh-glainne againn a lùghdachadh gu mòr.

Anns na còig bliadhna mu dheireadh, tha sgaoilidhean bho roinn na cumhachd air ìsleachadh agus mar thoradh air seo, tha sgaoilidhean iomlan na h-Alba air lùghdachadh. Ach, tha seo air ciallachadh gu bheil an cuibhreann bho sgaoilidhean gas bho chòmhdhail air a dhol am meud gu mòr. 'S e còmhdhail an roinn as mothà ann an Alba a tha a' sgaoileadh gasaichean taigh-glainne, agus e a' sgaoileadh 37% dhiubh ann an Alba.

Tha na factaran a tha a' toirt buaidh air eimiseanan bho chòmhdhail lionmhor agus ion-fhillte. Chuir an crònadh eaconamach ann an 2008 ri tuiteam ann an eimiseanan, cho math ri leasachaidhean ann an èifeachdas connaidh agus atharrachaidhean ann am pris na h-ola. Eadar an ire as àirde ann an 2007 agus 2013, bha an treand ann an eimiseanan bho chòmhdhail a' dol sìos. Ach, bho 2013, tha fàs air a bhith ann gach bliadhna, a dh'aindeoin carbadan nas èifeachdaiche, mar thoradh air àrdachadh ann an cilemeatairean carbad air an dràibheadh. Tha e na phriomh dhùbhlann a bhith a' lùghdachadh nam buaidhean seo gus cuideachadh le bhith a' libhrigeadh na targaid net-zero.

## Share of greenhouse gas emissions by mode in Scotland 2017



Clàr 3: Sgaoileadh gasaichean an taigh-ghlainne a rèir modh, 2017<sup>47</sup>


B' e càraichean an tùs as mothachadh sgaoilidhean gas bho chòmhaghail, aig 40%, air a leantainn le còmhaghail adhair agus loingeas aig 15% an urra. A bharrachd air seo, chaidh 25% de dh'eimiseanan a dhèanamh le measgachadh de Charbadan Bathar Aotrom (LGVs) agus Carbadan Bathar Trom (HGVs)<sup>48</sup>.

Tha an uiread de thursan càr gun ach aon duine air bòrd cuideachd a' dol am meud. Bha am figear aig 66% ann an 2018, an taca ri 65% ann an 2013 agus 60% ann an 2008<sup>49</sup>.

<sup>47</sup> National Atmospheric Emissions Inventory 1990-2017, tha 'other' a' gabhail a-steach bus is trèna

<sup>48</sup> ibid

<sup>49</sup> Transport and Travel in Scotland 2018, Clàr TD9



#### Clàr 4: Àireamhan ann an càr 2018

##### A' freagarrachadh airson atharrachadh na gnàth-shìde

A bharrachd air a bhith a' lùghdachadh na buaidh a bhios aig còmhdhail air a' ghnàth-shìde san àm ri teachd, feumaidh an siostam còmhdhail againn freagarrachadh a rèir na buaidh a bhios aig atharrachadh na gnàth-shìde.

Tha atharrachadh na gnàth-shìde a' toirt buaidh dhìreach air roinn na còmhdhail tron àireimh a tha a' sìor fhàs, agus a tha a' tachairt gu tric, de thachartasan dhroch shìde agus de throimhe-chèile a bhios iad ag adhbharachadh dhan t-siostam chòmhdhail, leithid bleith nan cladaichean againn, maoimean-slèibhe agus ìrean uisge ag èirigh<sup>50</sup>. Thatar ag aithneachadh gu bheil an troimhe-chèile a' toirt buaidh gu sònraichte mòr air coimhearsnachdan le nas lugha de roghainnean còmhdhail, agus le roghainnean còmhdhail nach eil cho ath-leumach.

Anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, tha grunn thachartasan sìde air a bhith ann a tha air mòran ùpraid adhbharachadh agus a tha air cosgaisean mòra adhbharachadh dhan eaconamaidh. Is dòcha gur e an tachartas as ainmeile nam measg an stoirm ris an canar 'Beast from the East' anns a' Ghearran 2018, an tachartas sìde a bu chosgaile ann an seachd bliadhna. Chosg am fior dhroch shìde co-dhiù £1 billean gach latha do dh'eaconamaidh na RA mar thoradh air dùmlachd-trafaig, trèanaichean agus busaichean nach robh a' ruith a bha a' fàgail nach robh luchd-obrach comasach air a dhol a dh'obair<sup>51</sup>.

##### Càileachd adhair

A bharrachd air a bhith a' cur ri atharrachadh gnàth-shìde, tha droch bhuaidh aig an t-siostam còmhdhail againn air càileachd an adhair againn cuideachd. Bidh còmhdhail a' cruthachadh beagan a bharrachd air an t-siathamh cuid de stuth mireach iomlan na h-Alba (PM10) agus còrr air trian de na sgaoilidhean iomlan de


<sup>50</sup> Scotland Climate Change Adaptation Programme 2, (SCCAP2), gu bhith air fhoillseachadh nas fhaide air adhart ann an 2019

<sup>51</sup> Freezing Weather costs UK economy £1bn a day, P Inman, G Topham, agus A Vaughan,

dh'ogsaideannan naitridein (NOx). Tha a' mhòr-chuid de na sgaoilidhean seo air an adhbharachadh le còmhdaileadh rathaid.

Tha sgaoileadh NOx bho chòmhdaileadh rathaid a' lùghdachadh ach chan ann cho luath 's a bhathar an dùil. Eadar 2006 agus 2016, chaidh sgaoilidhean bho chòmhdaileadh de NOx<sup>52</sup>, PM10<sup>53</sup>, agus PM2.5<sup>54</sup> an lughad le 37%, 48%, agus 54%.

## Change in total transport emissions 2006-2016



Clàr 5: Atharrachadh anns na sgaoilidhean iomlan bho chòmhdaileadh 2006-2016<sup>55</sup>

Ged a tha tuiteam air a bhith ann, ge-tà, tha còmhdaileadh, agus còmhdaileadh rathaid gu sònraichte, fhathast a' cur gu mòr ri droch chàileachd adhair. Bidh truailleadh adhair a' cur ris na cunnartan bho ghalaran leithid na cuing, agus tinneas analach agus cridhe, gu sònraichte dhaibhsan a tha nas so-leònte leithid clann glè òg agus seann daoine no an fheadhainn air a bheil suidheachaidhean slàinte eile. A bharrachd air seo, tha càileachd adhair uaireannan nas miosa ann an sgìrean fo ana-chothrom agus tha e na chùis neo-ionannachd slàinte.

Ann an 2010, bha stuthan mion-mhìreach co-cheangailte ri timcheall air 2,000 bàs ro-òg ann an Alba agus chailleadh mu 22,500 bliadhna-beatha tron t-sluagh air fad<sup>56</sup>.

### Ag atharrachadh dòighean-giùlain toinnt

Gus aghaidh a thoirt air sgaoilidhean, bidh e mar phrìomh dhùbhlan toirt air daoine an dòigh-giùlain aca a thaobh siubhail atharrachadh, an dà chuid a thaobh a bhith a' lùghdachadh iarrtas air siubhail agus air an dòigh anns am bi iad a' dèanamh turasan sònraichte. Tha na co-dhùnайдhean aig daoine a thaobh siubhail toinnt agus bheir grunn fhactaran buaidh orra. Is urrainn roghainnean a bhith a rèir, mar eisimpleir, feartan pearsanta, mar eisimpleir, aois, gnè agus teachd a-steach.

<sup>52</sup> Tha NOx a' ciallachadh ogsaideannan naitridein, gu sònraichte stuthan truaillidh san adhar.

<sup>53</sup> Tha PM10 a' ciallachadh stuthan mìreach (*particle material-PM*) le trast-thomhas de nas lugha na 10 micro-meatairean

<sup>54</sup> Tha PM 2.5 a' ciallachadh stuthan mìreach (PM) le trast-thomhas de nas lugha na 2.5 micro-meatairean

<sup>55</sup> Scottish Transport Statistics Àir. 37, 2018, Clàr 13.1a

<sup>56</sup> Cleaner Air for Scotland Strategy, <https://www2.gov.scot/Resources/0048/004884993.pdf>

Is urrainn dhaibh a bhith cuideachd a rèir far a bheil daoine a' fuireach agus/no ag obair, air cruinn-eòlas, air dè a' chòmhdhail a tha ri faighinn, air goireasachd agus air an àrainneachd thogte.

Tha na gniomhan dha bheil daoine a' siubhal ag atharrachadh cuideachd. Leis gu bheil daoine a' cur seachad barrachd tide air cur-seachadan, mar eisimpleir, tha daoine a' siubhal astaran nas fhaide gus pàirt a ghabhail ann an gnothaichean air a' bhlàr a-muigh. Cuideachd, tha mar a tha nàdar agus àite na h-obrach, cleachdadh fearainn, teicneòlas agus taigheadas ag atharrachadh, a bharrachd air a' ghluasad gu barrachd reic air-loidhne, air giùlan dhaoine atharrachadh gu mòr anns na bliadhna chan mu dheireadh.

Gus na targaidean againn a thaobh gasaichean an taigh-ghlainne a choileanadh, cho math ri bhith a' cur an comas sòisealtas nas fhallaine agus nas in-ghabhalaich, nuair a tha aig daoine ri siubhail, bidh aca ri gluasad gu modhan-siubhail nas seasmhaiche. Mar eisimpleir, tha tòrr thursan gu math goirid agus ghabhadh iad dèanamh le bhith a' coiseachd agus a' rothaireachd. Tha beagan a bharrachd air 34% de thursan nas giorra na 1km air an dèanamh ann an càr (an dùrna cuid mar dhràibhear no mar neach-siubhail)<sup>57</sup>. Tha seo a' dol suas ri còrr is 50% nuair a tha an turas eadar 1km agus 2km. Ma thèid dòigh-giùlain siubhail dhaoine atharrachadh gus modhan-còmhdhail nas seasmhaiche a chleachdadh, bheir seo buaidh nach beag air an àrainneachd a bharrachd air an t-slàinte is sunnd againn.

### **Crìonadh ann cleachdadh nam busaichean**

Ann an 2017-18, rinneadh 388 millean turas air busaichean ionadail ann an Alba<sup>58</sup>. Tha seo sìos bho 394 millean (-1.5%) bhon bhliadhna mu dheireadh agus bho 487 millean (-20.3%) ann an 2007-08. Tha an gluasad seo a' tachairt aig an aon àm ri àrdachadh de 7.4% ann an trafaig rathaid (cilemeatairean carbaid) ann an Alba eadar 2007-08 agus 2017-18<sup>59</sup>. Tha e na dùbhlann nach beag a bhith ag atharrachadh dòigh-giùlain siubhail dhaoine gus tursan a dhèanamh air còmhdhail phoblach seach ann an càr priobhaideach.


Tha cleachdadh nam busaichean air a bhith a' crìonadh san fharsaingeachd bho na 1960an air grunn diofar adhbharan. Am measg nan adhbharan, tha àm-siubhail nas fhaide, air adhbharachadh le dùmhachd-trafaig air lionra nan rathaidean, gu sònraichte ann an sgìrean bailteil<sup>60</sup>. Chithear a' bhuaidh aig dùmhachd anns a' chlàr gu h-iosal air an làmh chli. Feumar an ceartcall seo a thionndadh air ais gus taic a thoirt do dh'fhàs ann an cleachdadh bhusaichean, agus chithear a' bhuaidh aig seo anns an fhigear air an taobh dheas.

<sup>57</sup> Transport and Travel in Scotland 2018, Clàr TD2a

<sup>58</sup> Scottish Transport Statistics Àir 37, 2018. Clàr S1

<sup>59</sup> ibid

<sup>60</sup> [https://greenerjourneys.com/wp-content/uploads/2016/06/TTBusReport\\_Digital.pdf](https://greenerjourneys.com/wp-content/uploads/2016/06/TTBusReport_Digital.pdf)



### Clàr 6: Cearcall de chrònadh is de dh'fhàs ann an busaichean

Ge b' e dè na h-adhbharan airson a' chrònaidh ann an cleachdadhbhusaichean, le lùghdachadh ann an àireamhan an luchd-siubhail tha cunnart ann gum bi lùghdachadh san teachd a-steach agus nach bi cuid de na seirbheisean ion-obrachail tuilleadh, a' ciallachadh gun tèid an cur dheth agus, ann an cuid de shuidheachaidhean, gum bi na coimhairsnachdan air an iomall<sup>61</sup>.

<sup>61</sup> “Trends in Scottish bus patronage”; 2017, KPMG airson CPT Scotland



## Helps deliver inclusive economic growth


- Will get people and goods where they need to get to
- Will be reliable, efficient and high quality
- Will use beneficial innovation

### Tarbhachd

Tha àrdachadh tarbhachd agus farpaiseachd na h-Alba na phriomh dhùbhlann gus dèanamh cinnteach gum bi Alba soirbheachail gu h-eaconamaigeach san àm ri teachd. Tha an fhanais as ùire a' sealltainn gu bheil tarbhachd na h-Alba anns an 16<sup>th</sup> àite a-mach à 37 am measg ball-dhùthchannan OECD<sup>62</sup>. Tha seo san dàrna cairteal ach nas isle na dùthchannan coimeasach eile, mar eisimpleir, Èirinn, A' Bheil agus An Danmhairg. 'S e amas Riaghaltas na h-Alba gum bi Alba anns a' chiad chairteal.

Ged nach eil ìre tarbhachd na h-Alba air a stiùireadh a-mhàin le èifeachdas an t-siostaim còmhdaileilidh, bidh leasachaidhean ann an ceanglaichean còmhdaileilidh eadar gnìomhachasan a' lùghdachadh chosgaisean agus a' meudachadh tarbhachd, agus mar sin a' cruthachadh ìrean nas àirde de dh'fhàs eaonamach<sup>63,64</sup>.

**Nominal GDP per hour worked in 2017,  
OECD countries (USA=100)**



**Clàr 7: GDP<sup>65</sup> gach uair air obrachadh 2017 (Stàitean Aonaichte= 100)<sup>66</sup>**

<sup>62</sup> OECD – Organisation for Economic Cooperation and Development

<sup>63</sup> Scotland's Big Mo: Industrial Strategy, Inclusive Growth and the Future of Mobility, SCDI's Connectivity Commission, An t-Ògmhios 2018

<sup>64</sup> Transport's role in sustaining UK's Productivity and Competitiveness: The Case for Action, Sir Rod Eddington 2008

<sup>65</sup> GDP – Gross Domestic Product (Lànn-thoradh Dùthchail)

<sup>66</sup> Scottish Government Labour Productivity Statistics, 2018 Ràithe 3

## Margaidhean obrach

Feumaidh daoine còmhdhail gus cothrom fhaighinn air obair, foghlam is trèanadh. Mar sin, bidh nas lugha de dhaoine gun obair, agus bheir seo taic ri àrd-amasan na h-Alba airson fàs. Faodaidh còmhdhail cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil sgilean agus eòlas an fheachd obrach air a' mhaidseadh gu h-èifeachdach ri feumalachdan gnìomhachasan, a' cuideachadh gus teachd-a-steach agus tarbhachd a mheudachadh.

Tha na figearan as ùire<sup>67</sup> a' sealltainn gu bheil an ìre cosnaidh ann an Alba, aig 74.4% a tha gu math àrd an taca ri clàran eachdraidheil. A bharrachd air seo, tha ìre an dìth-chosnaidh iosal aig 4.0%. Chan eil an ìre dìth-cosnaidh seo aig an aon ìre air feadh na h-Alba, ge-tà. Chaidh figearan de 1.8% agus 2.1% a chlàradh ann an Arcaibh agus Sealtainn, ach chlàraich sgìrean comhairle Siorrachd Àir an Ear, Baile Ghlaschu agus Baile Dhùn Dè figearan de 5.8%, 5.9% agus 6.5%<sup>68</sup>.

Ged nach e cothrom air còmhdhail do chothroman obrach an aon adhbhar airson cion-cosnaidh, tha fianaist<sup>69</sup> ann gu bheil cuid de dhaoine a tha a-mach à obair a' faicinn cosgaisean còmhdhail àrd - a bharrachd air cnapan-starra corporra a thaobh ruigsinneachd air còmhdhail - do dh'àiteachan cosnaidh mar chnap-starra. Tha seo gu sònraichte fìor airson an fheadhainn ann an sgìrean dùthchail, daoine le ciorman agus tinneasan slàinte fad-ùine, an fheadhainn òga, fheadhainn aig a bheil teachd-a-steach iosal agus teaghlaichean le clann, agus mar sin tha e a' cuingealachadh nan cothroman cosnaidh agus nan roghainnean a tha rim faighinn.

## Luchd-obrach le sgilean airson an àm ri teachd

Tha grunn dùblain mu choinneamh gnìomhachas na còmhdhail co-cheangailte ris an fheachd-obrach, an dà chuid a thaobh gainead sgilean ann an cuid de raointean, agus am feum a bhith ag ath-thrèanadh agus ag adhartachadh sgilean luchd-obrach ann an raointean eile. Feumaidh sinn taic a chumail ri roinn còmhdhail a tha cothromach agus in-ghabhalach airson luchd-fastaidh agus airson an luchd-obrach.

Tha an àireamh a' fàs de luchd-obrach ann an gnìomhachas na còmhdhail a tha a' leigeil dhiubh an dreuchdan no a' fàgail a' gnìomhachais. Le àireamh nas ìsle de dhaoine òga a' tighinn a-steach dhan gnìomhachas airson a dhol nan àite, tha gainead sgilean ann agus tha iarrtas a' sìor fhàs airson luchd-obrach le teisteanasan agus sgilean iomchaidh.

Dh'fhaodadh mì-chinnt co-cheangailte ri bhith a' fàgail an AE droch bhuaidh a thoirt air a' mhargadh obrach cuideachd. Mar eisimpleir, tha ceistean ann mu thràth mu fhaotainneachd luchd-obrach sgileil anns an roinn logastachd agus sgaoileadh, le dragh sònraichte mu bhith a' fastadh dhràibhearan HGV teisteanaithe. Tha an gnìomhachas a' measadh gum bi gainead ann de dh'eadar 35,000 agus 60,000 dràibhear air feadh na RA ro 2020<sup>70</sup>.

Chomharraich aithisg Sgrùdadadh Alba *Maintaining Scotland's Roads* gu bheil ùghdarrasan rathaidean a' sìor fhàs iomagaineach mun bhuaidh a dh'fhaodadh a

<sup>67</sup> Labour Force Survey, Iuchar-Sultain 2019

<sup>68</sup> Annual Population Survey 2018

<sup>69</sup> Tachartas aig Caidreachas na Bochdainn mu Bhochdainn is Còmhdhail, An Gearran 2019

<sup>70</sup> Shortage occupation list 2018

bhith aig na lùghdachaidhean luchd-obrach a tha ag èirigh bho chuingeadan buidseit. Tha dragh orra mu chall sgilean is eòlas teicnigeach is coimeirsealta, mu fheachd-obrach a tha a' fàs nas sine agus mu mar as urrainn dhaibh luchd-obrach ùr a thàladh agus a thrèanadh.

Chan eil clàr meadhanach ann de sgèile an lùghdachaidh ann an luchd-obrach glèidhidh rathaidean agus luchd-obrach planaidh còmhdhail thairis air na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, ach a-mach à mu 5,000 luchd-obrach aig comhairlean a tha ag obair air na rathaidean, tha 40% aois 50 no nas sine agus chan eil ach 13% nas òige na 30<sup>71</sup>.

### **Malaire agus comas-ceangail**

Tha còmhdhail ro-chudromach na malaire agus airson na farpaiseachd againn, taobh a-staigh na h-Alba, air feadh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta. Tha a bhith a' leasachadh shlighean a-steach dhan dùthraig (leithid puit-adhair, puit agus priomh ionadan còmhdhail) agus ruigsinneachd rathad/rèile do na h-aonadan sin a' cumail taic do luchd-às-mhalaire a bhith a' fàs anns na margaidhean a th' ann agus cothroman a lorg ann am margaidhean ùra.

Tha ceanglaichean malaire làidir aig Alba le 105 dùthchannan thairis air cha mhòr 100 diofar ghniomhachasan agus roinnean. Tha priomh mhargaidhean às-mhalaire na h-Alba a' gabhail a-steach peatrail, bathair peatrail agus stuthan co-cheangailte riutha, biadh is deoch agus innealan agus uidheamachd gus cumhachd a dhèanamh, le 38% den às-mhalaire anns na stuthan sin air an cur gu margaidhean an AE.

Bha Alba a' malaire bathar luach £57.6 billean ann an 2018 taobh a-muigh na RA<sup>72</sup>, le còrr agus leth (56%) nan às-mhalaire, agus an còrr dhiubh nan in-mhalaire. Bha an luach £32.2 billean de bhathar a chaidh às-mhalaire na àrdachadh de 12.7% air a' bhliadhna mu dheireadh agus bha e a' dol gu margaidhean mar a chithear sa gheàrr-chunntas gu h-ìosal<sup>73</sup>.

<sup>71</sup> Maintaining Scotland's roads, 2016, Audit Scotland, [http://www.audit-scotland.gov.uk/uploads/docs/report/2016/nr\\_160804\\_maintaining\\_roads.pdf](http://www.audit-scotland.gov.uk/uploads/docs/report/2016/nr_160804_maintaining_roads.pdf)

<sup>72</sup> Transporting Scotland's Trade, Transport Scotland, 2019

<sup>73</sup> Nòta: tha na Tìrean ìosail cudromach gu ìre mar thoradh air cho cudromach 's a tha Rotterdam mar phriomh àite airson a bhith a' gluasad bathar air adhart.

## Destination of Scotland's exports



## Top five export countries

- |   |                    |   |            |   |                |   |               |   |                            |
|---|--------------------|---|------------|---|----------------|---|---------------|---|----------------------------|
| 1 | Netherlands £6.9bn | 2 | USA £4.3bn | 3 | Germany £2.7bn | 4 | France £1.6bn | 5 | Republic of Ireland £1.5bn |
|---|--------------------|---|------------|---|----------------|---|---------------|---|----------------------------|

## Clàr 8: Às-mhalairt na h-Alba<sup>74</sup>

### Còmhdhail Adhair

Airson a bhith tarbhach, farpaiseach agus soirbheachail gu h-eaconamach, feumaidh deagh cheanglaichean a bhith aig Alba. Bidh còmhdhail adhair fhathast na phriomh phàirt de cheangailteachd na h-Alba, an dà chuid gu h-eadar-nàiseanta agus taobh a-staigh na h-Alba agus na RA. Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha slighean-adhair roinneil a tha a' siubhal eadar bailtean mòra agus eileanan na h-Alba agus àiteachan far nach eil rèile freagarrach airson gniomhachasan, mar eisimpleir, gu iar-dheas Shasainn.

Tha sinn cuideachd airson 's gum bi e furasta dhan chòrr den t-saoghal a bhith a' tadhal air agus a bhith ri gniomhachas ann an Alba. Tha luchd-tadhail eadar-nàiseanta a' cur gu mòr ri gniomhachas na turasachd againn.

Ach feumar a' bhuaidh àrainneachdail aig còmhdhail adhair aithneachadh agus feumar a mhaothaicheadh ma tha sinn a' dol a choileanadh na targaid net-zero againn. Feumaidh sinn cumail oirnn le bhith a' sgrùdadh chothroman gus sgaoilidhean bhon roinn an adhair a lùghdachadh airson daoine a tha a' siubhal gu, bho agus taobh a-staigh Alba.

### Bathar

Tha gluasad èifeachdach bathair riatanach airson malairt agus fàs econamach seasmhach. Bidh lionra còmhdhail na h-Alba a' cumail taic ris an obair aig còrr is 360,000 gniomhachas. Bidh dàlaichean anns an t-siostam còmhdhail againn a' toirt buaidh mhòr air companaidhean le bathar a dh'fheumas a bhith air a libhrigeadh aig an àm cheart agus chun na h-ìre càileachd ris a bheil an luchd-ceannach an dùil, leithid companaidhean ann an roinnean tuathanachais is

<sup>74</sup> Transporting Scotland's Trade, Còmhdhail Alba, 2019

iasgaich.

Tha gluasad èifeachdach airson bathair ro-chudromach do luchd-ceannach, an dà chuid a thaobh a bhith a' lìbhrigeadh stuthan do na bùithtean agus, nas trice san latha a th' ann, direach do dhachaighean.

Tha bathar air a ghluasad taobh a-staigh na h-Alba le rathad, rèile, adhar, a' mhuir agus slighean-uisge a-staigh dhan tìr. Tha grunn rudan a' toirt buaidh air a' phàtran gluasaid iom-fhillte seo, a' gabhail a-steach iarrtasan agus àiteachan luchd-ceannach, logastachd agus stiùireadh sòine solair, leasachaidhean ann an teicneòlas logastachd agus riaghlaidh shiostaman còmhdailean.

Ann an 2018, bha am bathar air fad (gun a bhith a' gabhail a-steach pìoban no rèile) a chaidh a thogail ann an Alba mu 214 millean tunna<sup>75</sup>. B' e bathair rathaid an cuibhreann as mothà (69%) air a leantainn le còmhdailean mara (31%) agus còmhdailean adhair (nas lugha na 1%). Chaidh a' mhòr-chuid den bhathar a chaidh a thogail ann an Alba (111 millean tunnaichean) a ghiùlan air rathad agus dh'fhuirich e taobh a-staigh Alba.

Thatgar an dùil gun àrdaich an àireamh de thursan le carbadan bathair, ma thèid fhàgail gun bhacadh, le 44% eadar 2014 agus 2037<sup>76</sup>, a bheir droch bhuaidh air amannan siubhail agus a dh'adhbharaicheas dàil aig prìomh amannan. Le cho cudromach 's a tha gniomhachas giùlan bathair na h-Alba dhan eaonamaidh, bidh buaidh aig na factaran sin aig a' cheann thall air coileanadh na h-eaconamaidh mura tèid dèligeadh riutha.

Bidh buaidh air an àrainneachd cuideachd, a tha na dhùbhlàan a bharrachd. Ann an 2017, bha eimiseanan HGV 3.5% nas àirde ann an 2016 agus 5.2% os cionn na bun-loidhne bho 1990<sup>77</sup>. Bha eimiseanan bho LGVs 6.5% nas àirde na 2016 agus 95.6% nas àirde na a' bhun-loidhne bho 1990, an leudachadh as mothà ann an còmhdailean rathaid uile gu lèir. Tha am fàs ann an eimiseanan bho charbadan bathair aotruim ann mar thoradh air leudachadh ann an cilemeatairean-carbaid.

Taobh a-staigh bathair, mar as trice, thèid carbadan nas mothà a chleachdadh airson tursan fada agus airson sgaoileadh roinneil na thèid a chleachdadh airson lìbhrigidhean bailteil. Gu dearbh, tha a' mhòr-chuid de bhathar rathaid air a ghluasad ann an HGVan le cuideam nas mothà na 3.5 tunna, mar as trice carbadan artaigeach air a dhèanamh suas de dh'aonadan tractar agus trèalair fa leth.

Ach ged a tha tursan bathair fada a' dèanamh suas a' mhòr-chuid de mhìltean agus a' cleachdadhan carbadan as mothà, tha na buaidhean sòisealcta agus àrainneachdail nas fharsainge aig sgaoileadh bailteil agus sgaoileadh mìle mu dheireadh nas fhaicsinniche dhan phoball, leis gum faod fàs trafaig bathair ann an sgìrean bailteil trang cur ri dùmlachd agus truailleadh adhair. Ged a tha a' mhòr-chuid den sgaoileadh mìle mu dheireadh ann an sgìrean bailteil air a ghabhail os làimh le carbadan coimeirsealcta aotrom, agus barrachd is barrachd le teachdairean baidhsagail, tha mòran dhe fhathast air a dhèanamh le HGVan. Tha seo gu sònraichte doirbh aig prìomh amannan siubhail nuair a tha coimiutairean a' siubhal a dh'obair no air ais a dh'obair agus a tha clann air an t-slighe dhan sgoil. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil bathar cudromach airson soirbheas na h-eaconamaidh

<sup>75</sup> Transporting Scotland's Trade, Còmhdailean Alba, 2019

<sup>76</sup> Transport Forecasts, Còmhdailean Alba 2018

<sup>77</sup> Carbon Account for Transport No. 11: Eagran 2019

againn, ach feumaidh sinn dèanamh cinnteach gun tèid aghaidh a chur air an droch bhuaidh a bhios aig gluasad nan carbadan bathair.

## Turasachd

Bheir còmhdhail taic ro-chudromach do thurasachd. Tha e a' toirt cothrom do dhaoine tighinn a dh'Alba agus a bhith a' siubhal taobh a-staigh na dùthcha agus gus eòlas fhaighinn air an iomadh sealladh agus goireas san dùthaich againn. Ann an 2018, chuir Alba failte air cùrr is 3.5 millean luchd-siubhal a dh'fhuirich ann an Alba airson co-dhiù oidhche, leudachadh de 10% bhon bhliadhna roimhe sin<sup>78</sup>, le pàtran nan làithean-saora ag atharrachadh (le barrachd làithean-saora goirid agus gu àiteachan nas iomallaiche).

Tha turasachd bhon RA agus nas fhaide air falbh a' cur gu mòr ris an eaconomaidh againn agus chaidh còrr is £10 billean a chosg ann an 2018<sup>79</sup>. Ged a tha a' mhòr-chuid den luchdturais a bhios a' tadhail air Alba a' tighinn bho thaobh a-staigh na RA, tha dàta a' sealltann gu bheil daoine à thall-thairis mar as trice a' tighinn bho dhùthchannan aig a bheil ceangal malairt làidir ri Alba. Ann an 2018, thàinig 47.4% de luchd-tadhail a dh'Alba bho thè de na seachd dùthchannan as mothà a nì in-mhalaireart is às-mhalaireart le Alba (Sìona, An Fhraing, a' Ghearmailt, Na Tìrean ìosal, Nirribhidh agus na Stàitean Aonaichte) agus chosg iad £1.1 billean eadarra - 49.5% de na cosg an luchd-tadhail air fad ann an 2018<sup>80</sup>.

Bidh luchd-turais bho thaobh a-staigh na RA (a' phrìomh mhargaid againn, a' gabhail a-steach dhaoine bho Alba fhèin) a' tighinn a dh'Alba agus a' siubhail ann an Alba air an rathad. Is e siubhal air itealan an dòigh còmhdhail as cumanta airson luchd-tadhail eadar-nàiseanta a dh'Alba. Bho 2002, tha an àireamh de luchd-tadhail eadar-nàiseanta a tha a' siubhal a dh'Alba air plèana air dùblachadh (+150%), ach tha na h-àireamhan a tha a' tighinn air bàta agus tro Thunail a' Chaolais air fuireach cha mhòr aig an aon ìre. Tha àrdachadh mòr air a bhith san àireamh de dhaoine a tha a' tighinn air sothicéan turais, a tha air èirigh bho 369 tursan gu puirt le 268,481 luchd-siubhail ann an 2010 an taca ri mu 912 tursan le 920,000 luchd-siubhail ann an 2019<sup>81</sup>. Ged a tha siubhal a dh'Alba air an rathad-iarainn aig ìre ìosal airson luchd-tadhail eadar-nàiseanta, tha e nas àirde dhaibhsan a tha a' siubhal taobh a-staigh na RA<sup>82</sup>.

Feumaidh sinn aithneachadh gun toir am fàs ann an luchd-turais, gu sònraichte ann am mìosan tranga an t-samhraidh, buaidh air an t-siostam còmhdhail againn. 'S e an cruth-tìre as mothà a tha a' tarraing luchd-tadhail a dh'Alba agus tha turasachd gu sònraichte cudromach do na coimhearsnachdan dùthchail againn. Ach tha droch bhuaidh ann uaireigin bho cho mòr-chòrdte 's a tha Alba cuideachd agus tha daoine ann an grunn choimhearsnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach a' faicinn crionadh a' tighinn air na lìonraidhean rathaid leis an trafaig a' dol am meud, gu sònraichte càraichean, carabhanan agus dachaighean-motair a tha tòrr nas mothà agus nas truime, cho math ri cuingealachadh air comas-lionaidh a thaobh carbadan air aiseagan.

<sup>78</sup> Scotland's Tourism Summary Report, Visit Scotland 2019. <https://www.visitscotland.org/binaries/content/assets/dot-org/pdf/research-papers-2/2018-national-tourism-stats-summary.pdf>

<sup>79</sup> ibid

<sup>80</sup> Transporting Scotland's Trade, Còmhdhail Alba, 2019 <https://www.transport.gov.scot/publication/transporting-scotland-s-trade/>

<sup>81</sup> <https://www.cruisescotland.com/>

<sup>82</sup> ibid

Mar sin, tha e cudromach ged a bhios sinn fhathast a' cur fàilte air luchd-tadhail a dh'Alba agus a' faighinn buannachd bho thurasachd, gum brosnaich sinn luchdturais a bhith a' tighinn agus a' siubhail taobh a-staigh na h-Alba a' cleachdadhbhòighean nas seasmhaiche.

## Didseatach agus lùths

Cha ghabh siostam còmhdhail a thogail ann an Alba a tha a' freagarrachadh ris na feumalachdan atharrachail agus eadar-dhealaichte againn mur a bi sinn a' coimhead air factaran eile a tha a' toirt buaidh air a' chùis. Feumar coimhead air còmhdhail còmhla ri iomairtean agus ro-innleachdan eile, a' gabhail a-steach didseatach agus lùths.

Thairis air àm na Ro-innleachd seo, bheir atharrachaidhean ann an conaltradh agus teicneòlasan didseatach buaidh a cheart cho mòr ri còmhdhail air càite am bi agus cuine a bhios daoine ag obair. Bidh buaidh mhòr aig na h-atharrachaidhean sin air mar a bhios na companaidhean a' dèanamh malairt agus air na companaidhean ris am bi iad a' dèanamh malairt. Tha faotainneachd ceangailteachd fòn-làimhe air feadh lionra na còmhdhail na prìomh chomasaiche airson gabhail ri teicneòlasan ùra, agus tha daoine an dùil ri deagh cheangailteachd fad an t-siubhail.

A bharrachd air seo, thathar an dùil gum fàs nàdar comasachaidh na ceangailteachd nas cudromaiche airson roinn na còmhdhail. Mar eisimpleir, tha leasachaidhean ann an dàta siubhail didseatach agus na dòighean anns an cuir sinn siubhal air dòigh tro àrd-ùrlaran didseatach a' toirt fàs air gluasadachd mar sheirbheis (*MaaS - Mobility as a Service*). Dh'fhaodte gun toir leasachaidhean ann an teicneòlas agus ceangailteachd didseatach buaidh air an dòigh anns a bheil daoine ag obair agus a' siubhal agus dh'fhaodte gum bi na ceanglaichean sin nam pàirt ro-chudromach den dòigh anns an cuir còmhdhail ri targaidean na h-Alba a taobh eimiseanan. Tha cothrom air conaltraidhean didseatach cuideachd nam factaran ro-chudromach ann an co-dhùnaidhean a nì daoine air a bheil ciorram mu roghainnean a thaobh àite agus roghainnean còmhdhail.

Tha sinn a' faighinn leudachadh nach beag de dhaoine ag obair aig an taigh agus de phàtranan obrach nas sùbailte. Ach tha na h-atharrachaidhean seo ann am pàtranan obrach traidsanta a' cruthachadh iarrtasan ùra agus eadar-dhealaichte air an t-siostam còmhdhail againn, mar eisimpleir, le nas lugh a choimiutairean aig na prìomh amannan siubhail. Bidh iad, ge-tà, a' cruthachadh iarrtasan airson siubhail aig amannan eadar-dhealaichte agus ann an dòighean eadar-dhealaichte, agus modhan agus amannan siubhail agus pàtranan siubhail ag atharrachadh. Tha seo a' toirt buaidh air cho faisg air an àite-obrach aca 's a tha daoine airson fuireach.

Tha sinn cuideachd a' faicinn atharrachadh anns na cleachdaidhean seopadaireachd aig daoine agus barrachd rudan gan ceannach air-loidhne agus gan libhrigeadh do dhaoine aig an taigh no san àite-obrach aca. Tha na cleachdaidhean seo a' dol an àite cui den t-siubhal phearsanta a nì sinn le càr no còmhdhail phoblach le barrachd còmhdhail bathair aotruim ann. Tha na h-atharrachaidhean seo mar thoradh air barrachd cleachdadadh de theicneòlasan nas fheàrr.

Feumaidh an siostam còmhdhail againn lùths airson a bhith ag obair gu h-èifeachdach. Tha Alba air thoiseach air càch a thaobh a bhith a' brosnachadh charbadan dealain agus carbadan eile le eimiseanan ìosal<sup>83</sup>, le gealltanais cuir às dhan fheum air càraichean is bhanaichean peatrail is diosail ùr ro 2032. Mar an

<sup>83</sup> Switched on Scotland Phase 2: An action plan for growth, Riaghaltas na h-Alba 2017

ceudna, tha prògram susbainteach, agus leantainneach ann de bhith a' dealanachadh an lionra rèile, le mu 75% de na tursan rèile làitheil a dh'obair ann an Alba a-nis air an dèanamh ann an trèanaichean dealanach.

Tha an t-àrd-amas seo a cheart cho ceangailte ri lùths 's a tha e ri miannan còmhaghail. Gus an t-àrd-amas seo a choileanadh, feumaidh Alba am bun-structar teàirrdsaidh agus bun-structair lionra eile a tha a dhìth a thogail agus a riaghlaidh, agus aig an aon àm, a bhith a' brosnachadh mothachadh agus misneachd am measg nan coinsiumairean.

Bidh e a' gabhail a-steach eòlaichean le uallach airson poileasaidh còmhaghail a libhrigeadh, luchd-saothrachaidh charbadan, an fheadhainn le uallach airson cumail suas agus obrachadh nan lionraidhean, companaidhean còmhaghail, agus luchd-dèanaimh agus -sgaoilidh dealain, a bharrachd air luchd-cleachdaidh seirbheisean còmhaghail.

## Earbsachd

'S e a th' ann an siostam còmhaghail earbsach ach siostam far an urrainn do dhaoine a dhol do na h-àiteachan dha bheil iad ag iarraidh a dhol, nuair a tha iad ag iarraidh, agus gun ruig iad an cheann-ùidhe aca air an uair.

Feumaidh gniomhachasan earbsachd cuideachd, oir feumaidh comas a bhith aca am bathar aca a libhrigeadh do luchd-ceannach air an uair no le glè bheag de dhàil agus bu chòir dhaibh bathar fhaighinn bho sholaraichean nuair a dh'fheumas iad e.

Le ire nas luga de dhùmhachd-trafaig, 's urrainn seo cur ri earbsachd agus amannan siubhail nas giorra airson gniomhachasan agus luchd-cleachdaidh rathaid-eile, ag adhbharachadh chosgaisean nas ìsle, ìrean tarbhachd agus farpaiseachd nas àirde, agus taic ri fàs eaonamach. Is urrainn dha cur ri intasgadh agus cuideachadh gus malairt a bhrosnachadh.

Eadar 2016 agus 2018, bha dàil air 13% de na tursan càr iomlan aig dràibhearan<sup>84</sup>. Airson tursan a rinneadh a dh'obair no airson gniomhachasan, tha am figear ag èirigh gu 22% agus 18%.

Tha rannsachadh air sealltainn gu bheil dùmhachd-trafaig shusbainteach ann an cuid de chathair-bhailtean na h-Alba agus gu bheil seo ag adhbharachadh dhuitgheadasan eile<sup>85</sup>. Tha liosta gu h-iosal de na factaran co-cheangailte air cosgais na dùmhachd-trafaig ann an Alba:

- B' e Glaschu am baile leis an treas ire as miosa de dhùmhachd-trafaig san RA agus b' e Dùn Èideann am baile san t-siathamh àite
- ann an Glaschu ann an 2017, gu cuibheasach chaill gach dràibhear 99 uairean a thìde mar thoradh air dùmhachd. Bha seo air àrdachadh 4% bho 2016. Cosgaidh dùmhachd-trafaig £736 do gach dràibhear gach bliadhna
- taobh a-muigh Lunnainn, b' e Great Western Road ann an Glaschu an trannsa còmhaghail leis an ire dùmhachd-trafaig as miosa ann an cathair-bhailtean na RA<sup>86</sup>
- ann an Dùn Èideann ann an 2017, gu cuibheasach chaill gach dràibhear

<sup>84</sup> Transport and Travel in Scotland 2018, Clar TD12


<sup>85</sup> INRIX 2018 Global Traffic Scorecard <http://inrix.com/scorecard/>

<sup>86</sup> Tha an analis INRIX a' cur fòcas air cathair-bhailtean a-mhàin agus chan eil i a' mìneachadh dùmhachd-trafaig taobh a-muigh nan cathair-bhailtean

165 uairean a thìde mar thoradh air dùmhachd. Bha seo air lùghdachadh 10% bho 2016. Chaidh a thuairmseachadh gun cosgadh seo £1,219 do gach dràibhear

Tha an clàr gu h-iosal a' sealltainn an atharrachaид sa cheud ann an cilemeatairean carbaid air rathaidean na h-Alba bho 2007. Ged a lùghdaich ìre na trafaig eadar 2007 agus 2011 aig àm an t-seargaidh eaonamaich, tha leudachadh air a bhith ann gach bliadhna bhon uair sin, leis an leudachadh eadar 2011 agus 2017 nas àirde na 10%. Mur a tèid dèiligeadh ris, thathar an dùil gun èirich ìrean trafaig<sup>87</sup>.

Bheir barrachd trafaig droch bhuaidh air earbsachd tro dhùmhachd-trafaig a bharrachd agus tro bharrachd obair-chàiridh mar thoradh air cuideam a bharrachd air èifeachdas obrachail an lìonra.



**Clàr 9: Atharrachadh sa cheud de thrafaig rathaid bhon bhun-bhliadhna 2007<sup>88</sup>**

Tha earbsachd cuideachd na ceist air an lìonra rèile agus tha dàta a' sealltainn dhuinn gu bheil seo air lùghdachadh bho àirde de 93% ann an 2013 gu beagan is 87% ann an 2019<sup>89</sup>, ged a tha seo gu ìre mhòr a rèir co-theacsa de chrionadh ìrean coileanaidh anns a' chòrr den lìonra ann am Breatainn cuideachd.


<sup>87</sup> Transport Forecasts, Còmhdaill Alba 2018

<sup>88</sup> Scottish Transport Statistics No 37 2018, Clàr 5.1: Trafaig (cilemeatairean carbaid) a rèir clas agus seòrsa rathaid

<sup>89</sup> Is e an Tomhas Coileanaidh Poblach (Public-Performance-MeasurePPM) an slat-tomhais àbhaisteach aig a' ghnìomhachas airson a bhith ag aithris air coileanadh. Bidh e a' cunnadtadh a h-uile trèana a ruigeas taobh a-staigh còig mionaidean den ùine coileanaidh clàraichte (deich mionaidean airson nan TOCan a ruitheas trèanaichean astar fada), an coimeas ris an àireamh de thrèanaichean a bha gu bhith air an ruith. Tha an dàta a dh'aithris Oifis an Rathaid agus Rèile airson Alba airson cead-ruith ScotRail, a bhios a' ruith 95% de na trèanaichean a tha air an ruith ann an Alba.

## Public performance measure since March 2009

Scotland  
England & Wales



### Clàr 10: Dèanadas nan rathaidean-iarainn

#### Maoineachadh agus stòrasan

Tha an dòigh anns a bheil siostam na còmhdhail air a mhaoineachadh toinnte, ach feumaidh i a bhith cothromach, seasmhach agus a bhith a' cumail taic ri builean nas fharsainge.

Tha na cosgaisean airson a bhith a' libhrigeadh siostam còmhdhail na h-Alba susbainteach. Ann an 2017-18, b' e £2.95 billean an caiteachas iomlan air còmhdhail bhon roinn phoblaich<sup>90</sup>. Tha seo na àrdachadh de 8.4% an taca ri figear de £2.72 billean ann an 2007-08. A-mach às a' chaiteachas air còmhdhail, chaidh £2.13 billean a chosg le Riaghaltas na h-Alba agus £0.82 le ùghdarrasan ionadail. San àm ri teachd, bidh iarrtasan farpaiseach ann fhathast agus bidh roghainnean maoineachaидh doirbh ri dhèanamh an dà chuid aig riaghaltas näiseanta agus ionadail. Tha seo a' gabhail a-steach cho-dhùnaidhean mu phriomhachasan taobh a-staigh bun-structar na còmhdhail, agus cuideachd eadar còmhdhail agus raointean poileasaidh eile, mar eisimpleir taigheadas, slàinte, foghlam agus lùths.

A bharrachd air na h-iarrtasan farpaiseach sin, le bhith a' coileanadh na targaid net-zero, curidh sin cuideam a bharrachd air buidseatan cuibhrichte, leis gu bheil fòcas a' sior fhàs air raointean far am feumar sgaoilidhean gas an taigh-glainne a lùghdachadh. Tha uidheaman-smachd ionmhasail eile ann a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air na roghainnean siubhail aig daoine is gniomhachasan, mar eisimpleir, cosgaisean pàrcaidh.

<sup>90</sup> Scottish Transport Statistics, tionndadh 2018, Clàr 10.1

Tha Cìs-bathair nan Carbadan agus Cìs Connaidh, a tha nan cùisean glèidhte buntainneach cuideachd.

Ged a bhios e cudromach do dhaoine nas lugh a dhèanamh le carbadan a tha a' sgaoileadh carboin, feumar aithneachadh gum feum daoine siubhal, agus gu bheil an siostam còmhdaill againn cudromach a thaobh na dòigh beatha againn. Ach feumaidh sinn na stòrasan còmhdaill againn a stiùireadh gu h-èifeachdach, agus tasgadh èifeachdach a dhèanamh anns na goireasan a dh'fheumar gus an cumail suas agus an obrachadh gu sàbhailte agus gus feum nas fheàrr a dhèanamh den chomas a th' ann mar-thà.



## Improves our health and wellbeing

- Will be safe and secure for all
- Will enable us to make healthy travel choices
- Will help make our communities great places to live

### Dealbhadh Spàsail

Is urrainn dealbhadh spàsail a bhith fior chudromach ann a bhith a' cur aghaidh ri grunn dùblain sna h-àiteachan againn, ach feumaidh e a bhith co-thaobhach le planadh còmhdailean gus a làn comas a thoirt gu buil. Is urrainn do na h-àiteachan anns a bheil sin a' fuireach is ag obair buaidh chudromach a thoirt air an t-slàinte is sunnd againn Mar a tha an cleachdadhl fearainn againn air a bhith a' sìor atharrachadh, chan eil cuid de dh-àiteachan cho seasmhach 's a bha iad agus gheibheadh iad buannachd bho ùrachadh agus leasachadh.

Cha bu chòir toglaichean a bhith suidhichte ann an àiteachan a tha doirbh a ruiginn agus nach eil air am frithealadh gu math le còmhdailean phoblach oir tha seo a' ciallachadh gum bi tursan fada ann airson a bhith a' dol a dh'obair no do na bùithean agus gun tèid barrachd cleachdadhl chàraichean a bhrosnachadh. Ach tha tòrr eisimpleirean ann de roghainnean còmhdailean seasmhach a tha gan dealbhadh mar phàirt de leasachaidhean ùra a bheir buannachdan a bharrachd do dhaoine agus feumaidh sinn dèanamh cinnteach gum biodh an dòigh-obrach seo àbhaisteach far a bheil sin iomchaidh.

### Sàbhailteachd is tèarainteachd

Feumaidh siostam còmhdailean na h-Alba a bhith sàbhailte. Ann an 2018, chaidh 8,402 leòntan agus bàsan ann an tubaistean rathaid a chlàradh ann an Alba, lùghdachadh de 11% bho 2017<sup>91</sup>. B' e seo cuideachd an ire a b' isle de dhaoine air an leòn is air am marbhadh bho thòisich clàran ann an 1950. Ach ged a chaidh na h-àireamhan iomlan an lughad, bha 160 bàs ann - leudachadh de chòrr is 10% thairis air a' bhliadhna mu dheireadh.

Bidh tubaistean rathaid ann an Alba a' toirt fior dhroch bhuaidh air daoine fa leth, air teaghlaichean agus air an t-sòisealtas air fad. Tha neo-ionannachd nach beag ann cuideachd le clann air chois no air baidhsagal còrr is trì uiread nas buailtiche a bhith an sàs ann an tubaist trafaig anns na 20% de sgìrean as bochda ann an Alba na an fheadhainn sna 20% de sgìrean as beartaiche<sup>92</sup>.

Nuair a bhios daoine a' siubhal, cha bu chòir dragh mu, no cunnart bho, eucoir a bhith orra. Tha boireannaich agus daoine air a bheil ciorram, mar eisimpleir, nas dualtaiche fulang bho bhacaidhean cosgais a thaobh còmhdailean. Chan eil iad cho dualtach dràibheadh agus tha iad nas dualtaiche còmhdailean phoblach a chleachdadhl, busaichean gu sònraichte. Ach, tha gu leòr boireannaich is daoine air a bheil ciorram nach eil a' faireachdann sàbhailte nuair a tha iad a' cleachdadhl còmhdailean phoblach. Tha seo gu sònraichte fior aig stadan bus no stèiseanan rèile aig a bheil droch sholas, a tha iomallach agus nach eil gan cleachdadhl gu tric aig

<sup>91</sup> Key Reported Road Casualties Scotland 2018, Còmhdailean Alba 2019

<sup>92</sup> Sustrans, Scottish Transport Applications Research conference, An Cèitean 2019

amannan sònraichte den latha no a tha suidhichte ann an àiteachan a thathar a' meas nach eil sàbhailte.


Tha dùblain shònraichte aig sgìrean dùthchail an taca ri sgìrean bailtean mar thoradh air liònra fhrith-rathaidean nach eil leasaichte agus mar thoradh air nàdar nan rathaidean. Dh'fhaodadh cuid de chlann-sgoile a bhith ann an cunnart coiseachd dhan sgoil agus tha dùblain a bharrachd ann a thaobh innealan tuathanais a tha a' cleachdadadh rathaidean dùthchail.

Tha an siostam còmhaghail a' fàs nas didseataiche cuideachd. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil e tèarainte a thaobh eucoir-shaidhbear airson luchd-cleachdaidh, mar eisimpleir a bhith a' dion fiosrachadh banca mu luchd-siubhail rèile nuair a bhios iad a' glèidheadh thiogaidean air-loidhne, agus companaidhean còmhaghail a bhios a' dèanamh barrachd feum de theicneòlas agus dàta gus na seirbheisean aca a ruith.

### Gníomhachd chorporra

Tha cho cudromach 's a tha siubhal gníomhach a' fàs nas follaisiche bho rannsachadh air a' bhuaidh aig neo-ghníomhachd chorporra. Thathar a' meas gum bi neo-ghníomhachd chorporra air cur ri cùrr is 2,500 bàs tràth gach bliadhna<sup>93</sup>. A rèir Riaghaltas na h-Alba, tha neo-ghníomhachd chorporra a' cosg mu £94.1 do NHS na h-Alba gach bliadhna<sup>94</sup>. Tha seo co-ionann ri cosgais chuibheasach de £18 airson gach duine ann an Alba gach bliadhna.

Ann an 2018, cha d'fhuair an treas cuid de dh'inbhich na h-Alba 150 mionaid de gníomhachd corporra meadhanach no làidir gach seachdain mar a tha stiùireadh a' Phriomh Oifigeir Mheidigidh a' moladh. A bharrachd air an sin, tha neo-ionannachd ann cuideachd, le inbhich a tha a' fuireach anns na sgìrean as beartaiche gu math nas buailtiche molaidhean an stiùiridh a choileanadh na an fheadhainn anns na sgìrean as bochda<sup>95</sup>.




Clàr 11: Gníomhachd chorporra

<sup>93</sup> Scottish Health Survey; Topic Report; Physical Activity. An t-Samhain 2014

<sup>94</sup> NHS Health Scotland, 2013

<sup>95</sup> Scottish Health Survey, tionndadh 2017, 2018

Thairis air na beagan dheicheadan mu dheireadh, tha sinn air a bhith an eisimeil a' chàir gu ire mhòr agus tha seo air aon de na h-adhbharan nach eil Alba cho gniomhach mar nàisein. Tha an clàr gu h-iosal a' sealltainn mar a shiubhail daoine a dh'obair a rèir modh ann an 2018<sup>96</sup>. Uile gu lèir, bidh dà thrian de choimiutairean a' siubhal a dh'obair ann an càr no bhan, an dàrna cuid mar dhràibhear no mar phaiseansear, an taca ri dìreach 12% a bhios a' coiseachd agus 3% a bhios a' rothaireachd.



### Clàr 12: Modh còmhdaileil airson a dhol a dh'obair ann an 2018

Tha an *Preventing Overweight and Obesity in Scotland Strategy* ag ràdh gur e tè de na dòighean as èifeachdaiche gus an 30 mionaidean de dh'eacarsaich mheadhanach a tha a dhìth gach latha a bhith a' lùghdachadh an fheum a nì daoine air còmhdaileil motair, ag atharrachadh nan dòighean-siubhail làitheil gu coiseachd agus rothaireachd. Ann an 2017, rinneadh 290 millean cilemeatair carbaid air rathaidean na h-Alba air baidhsagalan<sup>97</sup>. Bha seo 6.5% na b' ìsele na ann an 2012.

Aig an àm seo, bidh cha mhòr cairteil de chloinn (24%) a' siubhal dhan sgoil ann an càr<sup>98</sup>. Ghabhadh tòrr de na tursan seo a dhèanamh le bhith a' coiseachd no a' rothaireachd. Tha e gu sònraichte cudromach gun ionnsaich daoine dòighean fallain fhad 's a tha iad òg. Tha e coltach gun lean na dòighean-giùlain seo nuair a tha iad nas sine. Tha rannsachadh a' sealltainn nach fhaigh mu chairteal den chloinn eadar aois 5 agus 15 a' ghnìomhachd chorporra a thathar a' moladh thairis air an t-


<sup>96</sup> Transport and Travel in Scotland, 2018 clàr 7. 'S e tursan a dh'obair tro mhodhan eile, mar eisimpleir, motar-baidhsagal, aiseag agus tagsaigh a th' anns a' chòrr.

<sup>97</sup> Transport and Travel in Scotland 2017, Clàr i: Trafaig agus àireamh an luchd-siubhail ann an Alba, 2012 gu 2017

<sup>98</sup> Transport and Travel in Scotland 2018, Clàr 1: Geàrr-chunntas den t-Suirbhidh Dachaigh Albannach

seachdain agus gu bheil seo a' dol am miosad le aois<sup>99</sup>.

## The proportion of children meeting the physical activity guidelines declined with age



**Clàr 13: An uiread de chloinn a tha a' coileanadh an stiùiridh air gnìomhachd chorporra<sup>100</sup>**

Tha ceanglaichean ann eadar bochdainn agus cothrom air rothairean. Mar as mothà a tha teachd a-steach na dachaigh, 's ann as àirde a tha an cothrom aca air baidhsagalan. Tha cothrom aig 62% de dhachaighean le teachd a-steach bliadhnailean de £50,000 no barrachd air co-dhiù aon baidhsagal, an taca ri 20% de dhachaighean le teachd a-steach suas ri £10,000<sup>101</sup>. Tha ruigsinneachd air baidhsagalan nas àirde ann an sgìrean dùthchail na ann an sgìrean bailteil.

Tha ceanglaichean ann cuideachd eadar teachd a-steach na dachaigh agus daoine a' coiseachd airson spòrs no airson fallaineachd. Airson an feadhainn ann an dachaighean le teachd a-steach bliadhnailean de £10,000 no nas lugha, bidh 58% a' coiseachd air co-dhiù aon latha gach seachdain<sup>102</sup>. Airson an fheadhainn ann an dachaighean le teachd a-steach bliadhnailean de chòrr is £40,000, tha am figear a' dol suas gu 71%.

<sup>99</sup> 2016 Scottish Health Survey

<sup>100</sup> ibid

<sup>101</sup> Transport and Travel in Scotland 2018, Clàr 18

<sup>102</sup> Transport and Travel in Scotland 2018, Clàr 25

## Fiosrachadh agus amalachas

Tha deagh fhiosrachadh mu phlanadh thursan – an dà chuid didseatach agus air pàipear – cudromach airson siostam còmhdhail ath-leumach a tha a' dèanamh cinnteach gum faigh daoine is bathar gu na h-àiteachan far am feum iad a bhith.

Aig an àm seo, bidh mòran dhaoine a' roghnachadh a bhith a' siubhal le càr an àite siubhal gniomhach no còmhdhail phoblach air sgàth na h-uimhir de dh'atharrachaidhean seirbheis/modh a dh'fheumadh iad dèanamh air an turas. Uaireannan, cha ghabh tursan a dhèanamh mar thoradh air dìth cheanglaichean no dìth mhodhan-còmhdhail ruigsinneach. A bharrachd air seo, tha na h-amannan feitheimeh fada, am feum air iomadh diofar thiocaid agus ceanglaichean toinnte a' cur bacadh air daoine bho bhith a' cleachdadh cuid de na seirbheisean còmhdhail phoblach, a' fàgail nach eil gu leòr dhaoine gan cleachdadh. Tha seo na dhuilgheadas gu sònraichte do dhaoine ann an cathraichean-cuibhle.

## Seasmhachd

Nuair a bhios fior dhroch shìde ann, agus tachartasan air am planadh no nach eil air am planadh, a dh'adhbharaicheas briseadh lìonra, tha e deatamach gun tèid fiosrachadh a thoirt dhan phoball cho tràth 's as urrainn gus an urrainn dhaibh deisealachadh a rèir sin. Tha e cudromach cuideachd gun tèid ceuman riatanach a ghabhail airson an luchd-siubhail as so-leònte againn. Bidh fior dhroch thìde ag adhbharachadh mì-chinnt mun t-suidheachadh siubhail do dhaoine is do ghnìomhachasan. Ann an sudheachaidhean mar seo, chan eil fhios aig coimiutairean am faigh iad a dh'obair. Ann an iomadh àite, cha ghabh bathar, a' gabhail a-steach biadh, a libhrigeadh, ag adhbharachadh troimh-a-chèile susbainteach a bharrachd.

Feumaidh bun-structar rothaireachd agus coiseachd fa leth a bhith air a chumail suas gus cleachdadh a bhrosnachadh. Tha tòrr obrach a dhìth air an dà chuid rathaidean trunc agus ionadail agus feumar tasgadh nach beag a chur annta gus dèanamh cinnteach gun tèid an cumail suas mar as còir<sup>103</sup>. Tha seo na cheist airson raointean eile de shiostam na còmhdhail cuideachd. Mar eisimpleir, tha na h-aiseagan againn, an dà chuid an fheadhainn eadar tìr-mòr agus na h-eileanan agus eadar na h-eileanan a' fàs nas sine.

Tha cor nan rathaidean ro chudromach do luchd-rothair agus do bhusaichean mar a tha e do charbadan motair eile. Tha glèidheadh èifeachdach nan lìonraidhean againn cuideachd cudromach gus aimhreit a lùghdachadh agus gus siostam còmhdhail a thoirt seachad a tha ath-leumach agus earbsach.

---

<sup>103</sup> Maintaining Scotland's roads, 2016, Audit Scotland, [http://www.audit-scotland.gov.uk/uploads/docs/report/2016/nr\\_160804\\_maintaining\\_roads.pdf](http://www.audit-scotland.gov.uk/uploads/docs/report/2016/nr_160804_maintaining_roads.pdf)

## **Caibideil 4 – A’ cur aghaidh air na dùblain**

Gus an Ro-innleachd a choileanadh agus gus aghaidh a chur air na dùblain, feumaidh dòigh-obrach a bhith againn a bhios: a’ cur ri cunntachalachd; a’ neartachadh fianais; agus a’ stiùireadh iarrtas.

Tha an dòigh-obrach cho-obrachail a bh’ againn gus an Ro-innleachd seo a chruthachadh air a bhith fior chudromach a thaobh cruthachadh na Lèirsinn, nam Prìomhachasan agus nam Builean againn. Cumaidh sinn oirnn a bhith a’ brosnachadh dòigh-obrach nas ceangailte, nas co-obrachail agus nas compàirteachail a thaobh stòrasan agus seirbheisean còmhdailean gus Alba nas fheàrr a lìbhrigeadh. Gus cur ri cunntachalachd, stèidhichidh sinn Bòrd Libhrigidh Ro-innleachd Còmhdailean; stèidhichidh sinn Pannalan Saoranaich agus cumaidh sinn oirnn le com-pàirteachadh le gnìomhachasan. Thèid riaghalailean còmhdailean agus co-obrachadh a leasachadh agus sinn a’ cumail oirnn leis an obair a chaidh a thòiseachadh tro bhuidheann nan Dreuchdan is Dleastanasan a rinn ath-sgrùdadh air riaghalailean còmhdailean.

Feumaidh deagh fhianais a bhith mar bhunait air co-dhùnaidhean làidir ach sùbailte, is mar sin, dealbhaidh sinn frèam sgrùdaidh is measaidh coileanadh làidir gus tomhas agus gus aithris air gach bliadhna; gus na dòighean sgrùdaidh againn a neartachadh; agus cumaidh sinn oirnn dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd chothroman agus buil agus lùghdachadh buaidhean àrainneachd nam prìomh chuspairean ann an dèanamh cho-dhùnaidhean.

Cha tèid an Ro-innleachd a lìbhrigeadh gu soirbheachail mur a tèid iarrtas air còmhdailean a stiùireadh gu h-èifeachdach. Thèid ceuman a chur an sàs gus taic a chumail ri seo. Bidh e mar amas dhuinn dèanamh cinnteach gur e còmhdailean phoblach agus ghnìomhach na roghainnean as fhèarr le daoine airson tursan goirid.

### **Poileasaidhean**

Chaidh farsaingeachd de phoileasaidhean a chruthachadh a bhios nan dràibhearan airson adhartas, agus a chuireas aghaidh air na dùblain, a choileanas nam Prìomhachasan agus Builean, agus a lìbhrigeadh na Lèirsinn.


Tha na Poileasaidhean rim faicinn gu h-ìosal fo na ceithir Prìomhachasan. Chan eil na Poileasaidhean a’ buntainn ri aon Phriomhachasan a-mhàin agus cuiridh iad ri raon de chuspairean a tha a’ gearradh thairis air diofar raointeann. Mar eisimpleir, bidh cuid de na poileasaidhean a tha a’ cur ri ‘Gníomhach air a’ ghnàth-shìde’ cuideachd a’ toirt deagh bhuaidh air ‘A’ cur ris an t-slàinte is sunnd againn.’

Tha poileasaidhean nan aithris rùn àrd-ìre a tha ag amas air an Lèirsinn, na Prìomhachasan agus na Builean a choileanadh. Chan eil fiosrachadh anna mu eadar-theachdan sònraichte, mar eisimpleir pròiseactan no prògraman. Thèid na h-eadar-theachdan a mhìneachadh ann am Plana Libhrigidh. Tha cunntas air seo aig deireadh a’ chaibideil seo.

Gu cudromach, thar na Poileasaidhean air fad, leabaichidh sinn Rangachadh an Siubhail Sheasmhach ann an dèanamh cho-dhùnaidhean le bhith a’ brosnachadh coiseachd, cuibhleachadh, rothaireachd, còmhdailean phoblach agus roghainnean còmhdailean co-roinnte an àite chàraichean le aon neach ann airson a bhith a’

gluasad dhaoine. Bidh sinn cuideachd a' brosnachadh còmhdhail bathair èifeachdach is seasmhach, gu sònraichte a' gluasad bho rathad gu rathad-iarainn.

## Prioritising Sustainable Transport



### Clàr 14: Rangachadh an t-siubhail sheasmhaich

A bharrachd air seo, thèid Rangachd an Tasgaidh Sheasmhaich a chleachdad aig an ìre nàiseanta gus fiosrachadh a chumail ri co-dhùnaidhean tasgaidh san àm ri teachd agus gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' toirt priomhachas do roghainnean còmhdhail a tha ag amas air neo-ionannachd agus feum air siubhal mì-sheasmhach a lùghdachadh. Feumaidh sinn cuideachd fòcas a chur air cumail suas stòrasan a th' ann mar-thà agus gan cleachdad gu sàbhailte, a bhith mothachail aig an aon àm gum feumar freagarrachadh ri buaidh atharrachadh na gnàth-shìde. Thèid beachdachadh an uair sin air raon de cheuman, a' gabhail a-steach fuasglaidhean innleachdach, gus feum nas fheàrr a dhèanamh den chomas a th'ann mar-thà, a' dèanamh cinnteach gu bheil na lionraidhean agus na siostaman còmhdhail a th' ann air an làn leasachadh. Cha tèid beachdachadh air tasgadh ann an leasachaidhean bun-structair cuimsichte gus am bithear air na ceuman sin a ghabhail.

Bidh sinn a' measadh cho-dhùnaidhean a thaobh tasgadh san àm ri teachd air na bhios iad a' cur ri cur an gnìomh na Ro-innleachd seo, agus gu sònraichte, mar a bheir iad buaidh air na builean 'Gníomhach air a' ghnàth-thìde' agus targaidean air atharrachadh na gnàth-shìde san fharsaingeachd.



**Clàr 15: Rangachadh an tasgaidh sheasmhaich**



## Reduces inequalities

- Will provide fair access to services we need
- Will be easy to use for all
- Will be affordable for all

Tha sinn airson gum bi Alba againn a bhios a' brosnachadh a h-uile duine airson a bhith a' co-roinn nam buannachdan bho eaconamaidh an latha an-diugh a bhios a' brosnachadh sunnd. Bidh còmhdaileanach gus sòisealtas làn in-ghabhalach a thoirt gu buil. Fhad 's a tha sinn a' brosnachadh co-ionannachd, bidh na gnìomhan againn cuideachd a' lùghdachadh bochdaiann, gu sònraichte bochdaiann chloinne. Tha na Poileasaidhean gus am Prìomhachas agus na Builean air an cur an cèill gu hìosal.

### A' lùghdachadh neo-ionannachd

Lùghdaich na h-ana-cothroman agus eas-bhuannachdan cosgais a tha mu choinneamh choimhearsnachdan eileanach, iomallach agus dùthchail, a' gabail a-steach a bhith a' dion nan seirbheisean a tha ro-chudromach do choimhearsnachdan iomallach

Dèan cinnteach gu bheil còmhdaileanach ann an Alba ruigsinneach do na h-uile le bhith a' cumail taic ri leasachadh agus cur an gnìomh Frèam-obrach Còmhdailean Ruigsinneach na h-Alba.

Thoir air falbh bacaidhean a thaobh ceangaliteachd agus ruigsinneachd na còmhdailean poblaich ann an Alba

Thoir piseach air cothrom seasmhach air goireasan slàinte airson luchd-obrach, euslaintich agus luchd-tadhail

Dèan cinnteach gum bi cothrom siubhail seasmhach, poblach agus gnìomhach air àiteachan cosnaidh, foghlaim agus trèanaidh

Tha priomh phàirt aig còmhdailean ann a bhith a' thoirt nan còraichean daoine aig daoine gu buil. Tha e na riatanas gus comas a thoirt do dhaoine gus còraichean cinne-daonna eile a thoirt gu buil, mar eisimpleir a' chòir air foghlam, a' chòir air obair, a' chòir a bhith a' gabail páirt ann am beatha chultarach is phoblach, a' chòir air inbhe beatha iomchaidh, agus a' chòir air an ìre as fheàrr de shlàinte chorporra is inntinn.

Cumaidh an Ro-innleachd seo taic ri dòigh-obrach còmhdailean stèidhichte air còraichean. Obraichidh sinn gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom air goireasan còmhdailean iomchaidh a' furastachadh a bhith a' thoirt chòraichean daonna eile gu buil, a rèir an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta agus nan dleastanasan eadar-nàiseanta aig Alba a thaobh còraichean daonna. Cleachdaidh an Ro-innleachd am prionnsabal bunaiteach seo gus siostam còmhdailean na h-Alba a libhrigeadh airson an ath 20 bliadhna. Tha an dòigh-obrach seo air a stiùireadh gu direach le poileasaidhean adhartach a tha air an cur an gnìomh air feadh Alba, a' gabail a-steach gealltanach ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba gus còraichean daonna a tha aithnichte gu h-eadar-nàiseanta a thoirt a-steach do lagh dachaigheil.

Bidh siostam na còmhdailean againn san àm ri teachd ro-chudromach gus daoine ann an Alba a chuideachadh gus faighinn a-mach à bochdaiann. Mar a chaidh aithris ann an 'Every Child, Every Chance', a' chiad Plana aig Riaghaltas na h-Alba gus cur an

aghaidh bochdainn chloinne<sup>104</sup>, tha còmhdbail fior chudromach ann a bhith a' lùghdachadh bochdainn chloinne.

Mar a chaidh a chomharrachadh, tha e coltach gum bi deagh bhuaidh aig brosnachadh co-ionannachd gnè air dèiligeadh ri bochdainn chloinne agus mar sin cuidichidh deagh thugse air dòigh-giùlain siubhail nam boireannach, a tha gu tric nas toinnte, le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi cothrom nas cothromiche air obair agus gun tèid a' bheàrn pàighidh gnè a lùghdachadh.

Cuidichidh an lèirsinn againn airson còmhdbail ann an Alba dachaighean gus cothrom fhaighinn air cosnad, trèanadh agus foghlam – a' cumail taic ri àrdachadh ann an teachd-a-steach cosnaichte – agus, le bhith air prìs reusanta, cuidichidh e gus cosgaisean iomlan na dachaigh ìsleachadh.

Bheir siostam còmhdbail na h-Alba aghaidh air ceistean a thaobh neo-ionannachdan gnè agus air na bacaidhean a tha ro bhoireannaich nuair a bhios iad a' siubhal, air na modhan-còmhdbail a chleachdas iad, agus gu h-àraid air na draghan aca a thaobh sàbhailteachd. Bidh e a' toirt aire do na pàtrain siubhail nas iom-fhillte aig boireannaich mar thoradh air, mar eisimpleir, càram dachaigheil agus obair pàirt-ùine, agus beachdaichidh e air a' bhuaidh neo-chothromach air boireannaich nuair a thathar a' dèanamh cho-dhùnaidhean gus seirbheisean còmhdbail poblach a ghearradh no a thoirt air falbh.

Cumaidh an siostam còmhdbail againn air coinneachadh ri feumalachdan caochlaideach dhaoine òga, gu sònraichte le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom seasmhach agus air prìs reusanta aca air foghlam, cosnad agus trèanadh a bheir cothrom dhaibh na làn chomasan aca a choileanadh.

Bidh àite ro-chudromach aig an Ro-innleachd seo ann a bhith a' cur an aghaidh aonarachd shòisealta le bhith a' ceangal daoine, a' toirt cothrom dhaibh conaltradh gu sòisealta, cothrom fhaighinn air seirbheisean agus gus coinneachadh ri caraidean is càirdean aghaidh ri aghaidh. Cumaidh an siostam còmhdbail air a' toirt aire air mar a tha feumalachdan nan seann daoine ag atharrachadh agus cuidichidh e le bhith a' cur aghaidh air neo-ionannachdan a tha fa chomhair dhaoine agus iad a' fàs nas sine, a' gabhail a-steach cùisean slàinte is ciorraim a rèir *A Fairer Scotland for Older People: A Framework for Action*<sup>105</sup>. Bheir e piseach air beatha nan seann duine ann an Alba le bhith a' toirt chothroman a bharrachd dhaibh a bhith ceangailte, a' toirt dhaibh faireachdann de neo-eisimeileachd a bharrachd dhaibh agus barrachd misneachd mu bhith a' siubhal.

Cumaidh an Ro-innleachd taic ris an lèirsinn a tha air a mhìneachadh ann am Frèam Siubhail Ruigsinneach na h-Alba agus, a rèir an Fhrèama, nì e cinnteach gum faod daoine air a bheil ciorram siubhal leis an aon saorsa, roghainn, urram agus cothrom ri saoranaich eile. Tha na h-aon chòraichean aig daoine air a bheil ciorram 's a th' aig a h-uile saoranach eile ann an Alba agus èistidh sinn ri, agus obraichidh sinn còmhla ri, daoine air a bheil ciorram gus dèanamh cinnteach gun tèid na còraichean seo a thoirt gu buil.

Tha cothrom air seirbheisean slàinte is càraim shòisealta ro-chudromach do thòrr dhaoine ann an Alba. Tha seo a' gabhail a-steach 140,000 luchd-obrach aig NHS na h-Alba, cho math ri tòrr euslaintich-tadhail agus daoine a' tadhal air càirdean agus

<sup>104</sup> Riaghaltas na h-Alba, Tackling Child Poverty Delivery Plan (2018-22), Am Màrt 2018

<sup>105</sup> <https://www.gov.scot/publications/fairer-scotland-older-people-framework-action/>

caraidean ann an ospadalan. Tha seo gu sònraichte cudromach do sheann dhaoine agus do dhaoine air a bheil ciorram, buidhnean a tha a' fàs, agus a tha san fharsaingeachd feumach air tursan gu seirbheisean slàinte is cùram sòisealta nas trice. Mar shòisealtas, tha e cudromach gun urrainn do sheann daoine agus daoine air a bheil ciorram a bhith a' planadh agus a' dèanamh turasan chun an dotair-teaghlaich no ospadal aca gun cnapan-starra corporra agus gun dragh iomagain no cosgaisean còmhdhail a bharrachd.

Cumaidh sinn oirnn a bhith ag obair gu dlùth le ùghdarrasan gus siubhal nas fheàrr a bhith ann airson slàinte is cùram sòisealta. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith dèanamh cinnteach gu bheil ruigsinneachd na phàirt bhunaiteach den phròiseas phlanaidh fhad 's a thathar a' dèanamh cho-dhùnaidhean mu far am bi ospadalan suidhichte agus mu libhrigeadh seirbheisean slàinte.

Bidh e cudromach cuideachd gum bi na gnàth-eòlasan aig na daoine air an toir na co-dhùnaidhean seo buaidh air an gabhail a-steach ann an bhith gan dealbhadh, mar eisimpleir, ann a bhith a' dealbhadh seirbheisean còmhdhail.

A bharrachd air a bhith a' leasachadh ruigsinneachd air goireasan slàinte is cùram sòisealta bidh e cudromach cuideachd siostaman a chruthachadh a lùghdaicheas an fheum aig daoine a bhith a' siubhal gus seirbheisean fhaighinn, mar eisimpleir, tro bhith a' riaghlaidh liostaichean feitheimh ann an dòigh nas èifeachdaiche, cleachdadadh nas fheàrr de theicneòlas gus sùil a chumail air slàinte agus gus cùram fhaighinn, agus gus mothachadh a thogail mun ire mhòr de thrafaig a tha air adhbharachadh le daoine a bhith a' siubhal gu goireasan cùram slàinte.

Tha nàdar eadar-dhealaichte aig na diofar sgìrean ann an Alba - eaconamach, cruinn-eòlach, sòisealta agus cultarail - agus tha feumalachdan eadar-dhealaichte aca a thaobh an t-siostaim còmhdhail cuideachd. Mar sin, cha bhi aon dòigh-obrach a-mhàin na fhuasgladh air na dùblain a th' aig diofar àiteachan. Bidh feum againn air dòigh-obrach thargaidichte eadar-dhealaichte gus na feumalachdan aig cathair-bhailtean, bailtean, sgìrean iomallach, dùthchail agus eileanach a choileanadh. Gu dearbha, bidh dòighean-obrach targaidichte a dhìth fiù 's airson àiteachan den aon seòrsa, mar eisimpleir, cathair-bhailtean mar Dhùn Èideann is Obar Dheathain.

Bidh an Ro-innleachd, tron dòigh-obrach airson dealbhadh is libhrigeadh, a' toirt feart air na diofaran roinneil againn, mar a tha aithnichte ann am Plana Nàiseanta nan Eilean<sup>106</sup> agus Comhairle Nàiseanta nan Comhairlichean Dùthchail<sup>107</sup>, agus a' gabhail ri modhan cuimsichte a tha a rèir feumalachdan ionadail. Gu cudromach, nì an Ro-innleachd cinnteach gum bi deagh cheanglaichean aig daoine a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan dùthchail, iomallach no eileanach agus gu bheil an aon chothrom aca air seirbheisean 's a th' aig daoine a tha a' fuireach sa chòrr den dùthaich, agus mar sin curidh i ri bhith a' glèidheadh agus a' fàs an t-sluaigh anns na sgìrean sin.

Tha pàirt mhòr aig Alba dhùthchail ann a bhith a' toirt taic dhan eaconamaidh againn san fharsaingeachd agus tha i an urra rinn a bhith a' brosnachadh dhaoine a bhith a' fuireach agus ag obair ann. Mar sin tha e cudromach a bhith a' cruthachadh àrainneachd comasachaидh a nì sin cho math ri bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil

<sup>106</sup> Plan Nàiseanta Eileanan na h-Alba, 2019

<sup>107</sup> New blueprint for Scotland's rural economy: recommendations to Scottish Ministers, 2018

comas siubhail gu furasta gus cothrom faighinn gu obair agus seirbheisean mar phàirt de seo.

Ged a dh'fheumar dòighean còmhdhail eile a bhrosnachadh an àite chàraichean, feumaidh sinn gabail ris nach e sòghalachd a th' ann an càraichean a bhith aig daoine ach gu bheil e na riatanas airson mòran a tha a' fuireach agus ag obair ann an sgìrean dùthchail. Air an adhbhar sin, bidh dòigh-obrach reusanta, ceum air cheum aig an Ro-innleachd seo a thaobh cleachdadh charbadan ann an sgìrean dùthchail agus a tha ag aithneachadh cò ris a tha siubhal coltach an da-rìribh ann an iomadh sgìre dùthchail.

A bharrachd air sin, a rèir Achd nan Eilean (Alba) 2018, cumaidh sinn oirnn dèanamh cinnteach gu bheil an siostam còmhdhail ag obair do na coimhearsnachdan eileanach againn agus a' lìbhrigeadh na tha a dhìth orra bho cheangailteachd eileanach, ag aithneachadh cho cudromach 's a tha seirbheisean aiseig agus adhair.



## Takes climate action

- Will help deliver our net-zero target
- Will adapt to the effects of climate change
- Will promote greener, cleaner choices

Tha suidheachadh èiginneach againn air feadh na cruinne a thaobh na gnàth-shìde. Feumaidh sinn a bhith ag amas air siostam còmhdhail a bhios a' brosnachadh dhaoine gus roghainnean siubhail a dhèanamh a lùghdaicheas a' bhuaidh againn air a' ghnàth-thìde againn san fhad-ùine agus a chuireas ri sunnd nan ghinealach ri teachd. Feumaidh Alba gluasad a dh'ionnsaigh eaconamaidh le eimiseanan net-zero airson leas na h-àrainneachd, nan daoine, agus airson ar soirbheis fhèin san àm ri teachd. Tha na Poileasaidhean gus am Prìomhachas agus na Builean co-cheangailte air an cur an cèill gu h-ìosal.

### Gníomhach air a' ghnàth-shìde

Lùghdaich na h-eimiseanan aig siostam na còmhdhail gus cur an aghaidh atharrachadh na gnàth-shide
Lùghdaich na h-eimiseanan aig siostam na còmhdhail gus piseach a thoirt air càileachd an adhair
Dèan cinnteach gun atharraich an siostam còmhdhail againn gus dèiligeadh ris na buaidhean ris a bheilear an dùil bho atharrachadh na gnàth-shide
Cùm taic ri riaghladh iarrtais gus roghainnean siubhail nas seasmhaiche a bhrosnachadh
Cuir an comas gluasad gu dòighean còmhdhail nas seasmhaiche agus nas èifeachdaiche gu spàsail airson daoine agus còmhdhail choimeirsealta
Cuir ri càileachd agus faotainneachd an phiosrachaiddh gus an urrainn do gach duine roghainnean còmhdhail nas fheàrr a dhèanamh.

Feumaidh sinn aghaidh a chur air suidheachadh èiginneach cruinneil na gnàth-shìde. Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn sgaoileadh gasaichean an taigh-ghlainne a lùghdachadh gu 75% de na h-irean ann an 1990 ro 2030, 90% ro 2040 agus net-zero ro 2045. Cuidichidh an Ro-innleachd seo gus na targaidean seo a choileanadh.

Bheir siostam còmhdhail na h-Alba daoine do na h-àiteachan far am feum iad a bhith, ach feumaidh e sin a dhèanamh ann an dòigh nach toir droch bhuaidh air an àrainneachd. Leanaidh Alba oirre mar shaoranach cruinneil cunntachail le dleastanas moralta aice agus frèam-obrach reachdail gus cur ri fuasgladh dùbhlan atharrachadh na gnàth-shide agus gus buaidh a thoirt air feadhainn eile gus an aon rud a dhèanamh. Nì na poileasaidhean againn cinnteach nach bi droch bhuaidh shusbainteach aig na roghainnean siubhail aig daoine air leas ar planaid agus nan ginealaichean ri teachd.

Chan eil na h-adhbharan aig daoine airson a bhith a' siubhal agus na dòighean a bhios iad a' cleachdad gus siubhal stèidhichte. Tha an sòisealtas agus roghainnean beatha ag atharrachadh agus tha dòighean-giùlain dhaoine ag atharrachadh a rèir seo. Nuair a bhios daoine ag atharrachadh an dòighean-giùlain agus a' dèanamh roghainnean siubhail ùra, nì sinn cinnteach gum bi barrachd roghainnean ann do dhaoine a bhios a' dòn na h-àrainneachd againn.

Thatar ag aithneachadh, gu bheil cleachdadh chàraichean do-sheachanta ann an cuiid de shuidheachaidhean. Ach, airson a' mhòr-chuid de thursan, tha roghainn aig daoine. Cumaidh sinn oirnn a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil còmhdhail phoblach agus gnìomhach nas tarraingiche agus le bhith a' cur ris na roghainnean sin, ach feumaidh sinn uile uallach a ghabhail airson nan gnìomhan againn agus airson na buaidh a bhios aig na co-dhùnaidhean siubhail againn, le bhith a' beachdachadh an toiseach a bheil feum air an turas idir agus, an uair sin, a' co-dhùnad air an dòigh as seasmhaiche gus an turas sin a dhèanamh.

Cumaidh sinn oirnn a bhith a' rannsachadh dhòighean éifeachdach gus iarrtas a stiùireadh. Bidh seo a' gabhail a-steach còmhdhail phoblach nas fheàrr agus roghainnean siubhail gnìomhach a tha nas pailte agus nas fheàrr.


Tha barrachd dhaoine ag iarraidh a dhol gu meadhan nan cathair-bhailtean againn, gu tric ann an càraichean prìobhaideach, agus tha seo a' toirt buaidh air càileachd adhair agus mar sin air slàinte dhaoine. Ged a tha na ceithir cathair-bhailtean as mothà ann an Alba air sònaichean eimisein ìosal a thoirt a-steach, a tha a' cur bacadh air na carbadan a nì an truailleadh as mothà agus a bheir buaidh air càileachd adhair aig a cheann thall, feumar barrachd a dhèanamh fhathast. Bheir Achd na Còmhdhail (Alba) 2019 comas do dh'ùghdarrasan ionadail sgeamaichean a thoirt a-steach far am faodar cosgais a chur air luchd-fastaidh a tha a' toirt seachad àiteachan páircidh san àite-obrach.

Cumaidh an Ro-innleachd taic ri farsaingeachd de dhiofar cheuman agus dòighean-obrach. Thèid daoine is gnìomhachasan a bhrosnachadh gus siubhal gu seasmhach mar thoradh air amalachadh nas fheàrr de chòmhdhail agus dealbhadh spàsail. Thèid taic a chumail ri seo tro chothroman a thèid a chruthachadh tro leasachaidhean ann an teicneòlasan didseatach, mar eisimpleir obrachadh nas sùbailte agus gluasadachd mar sheirbheis. Thèid sgaoilidhean a lùghdachadh tro għluasad gu roghainnean siubhail nas uaine, a' gabhail a-steach ìrean nas àirde de chòmhdhail għnìomhach.

Cuiridh na teicneòlasan ùra a tha a' tighinn am bàrr gus dèanamh cinnteach nach bi carbadan cho fada an eisimeil connaidh fosail gus an tèid an targaid net-zero a chomharrachadh. Ach, cha bhi sin gu leòr. Cha bhi sinn a' togail bun-structair gus frithealadh air àrdachaidhean neo-chuingealaichte ann an trafaig. An àite sin, stiùiridh sinn iarrtas, agus lùghdachadh sinn am feum air siubhal air modhan neo-sheasmhach. Chan eil e na roghainn tuilleadh gun a bhith a' gabhail ceumannan gus iarrtas airson chàraichean a chleachdadh a riaghlaigh gu h-èifeachdach. Mar phàirt de bhith a' coileanadh seo, brosnaichidh sinn daoine gun a bhith a' dèanamh turasan nach eil deatamach.

Cumaidh sinn taic ri leasachaidhean ann an teicneòlas agus ri ùr-ghnàthachadh gus dèanamh cinnteach gum bi leasachaidhean ann an èifeachdas einnseanan, a chuidicheas le bhith a' cur ri ìre cleachdaidh nan ULEV. Ach dh'fhaodte nach e an fhreagairt a bhith a' gluasad gu càraichean flor-bheag-eimisein uile gu lèir.

Ma chuireas sibh càraichean dealain no haidridein an àite càraichean peatrail is diosail, bidh iad fhathast ag adhbharachadh dùmhlaichd-trafaig a bheir droch bhuaidh air daoine is gnìomhachasan. Mar sin, feumaidh sinn gluasad gu carbadan a tha nas èifeachdaiche gu spàsail agus nas seasmhaiche, mar eisimpleir, còmhdhail phoblach no cho-roinne mar a chithear ann am Figear 16.



### Clàr 16: An siostam còmhdhail a b' fheàrr leinn san àm ri teachd

Nuair a bhios sinn a' gluasad gu eaconomaidh a bhios iosal ann an carbon, nì sinn seo ann an dòigh a tha cothromach, a rèir prionnsabalan an Eadar-ghluasad Chothromaich gus:

- taic a chumail ri obraichean a tha seasmhach gu h-àrainneachdail agus gu sòisealta
- taic a chumail ri tasgadh agus bun-structar beag-charboin
- aonta sòisealta a chruthachadh agus a chumail tro cho-chomhairle le luchd-obrach, coimhearsnachdan, buidhnean Neo-Riaghaltais, gniomhachasan, buidhnean gnothachais agus buidheann iomchaidh sam bith eile
- dèan gach oidhrip gus obair mhath, chothromach agus àrd-luach ann an dòigh nach toir droch bhuaidh air an fheachd-obrach làithreach no air an eaconomaidh san fharsaingeachd
- cur ri modhan eaconamach a tha èifeachdach a thaobh stòrasan agus seasmhach, a chuidicheas le bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachdan agus bochdainn

Thatarr a' cumail taic ris an targaid net-zero 2024:

- tro bhuidhnean poblach a bhith a' nochdadh ceannas tro bhith ag obair a dh'ionnsaigh cur às do chàraichean peatrail is dìosail bho chabhlach na roinne poblach agus cuideachd a bhith a' cur às dhan fheum air carbadan coimeirsealtra aotrom peatrail is dìosail ùra ro 2025
- tron àrd-amas a bhith a' cur às dhan fheum air càraichean is bhanaichean peatrail is dìosail ùr ro 2032
- planaichean gus rathaidean-iarainn luchd-siubhail na h-Alba a dhì-charbonachadh ro 2035. Far nach eil dealanachadh comasach no far nach eil e iomchaidh, thèid tasgadh a dhèanamh ann an trèanaichean bataraidh agus obraichidh sinn le luchd-leasachaidd trèanaichean cealla-connaidh haidridein gus an tèid an leasachadh agus a chleachdadh nas luaithe tro dheuchainnean practaigeach ann an Alba.
- obair gus tursan adhair sgeidealichte taobh a-staigh na h-Alba a dhì-charbonachadh ro 2040


Ged a dh'fheumas sinn an gealltanais net-zero againn a choileanadh a thaobh

gasaichean an taigh-ghlainne, feumaidh sinn dèanamh cinnteach cuideachd gun atharraich an siostam còmhdhail againn gus am bi e a' freagairt air a' bhuaidh a th' air a bhith aig atharrachadh na gnàth-thìde mar-thà.

Nì an Ro-innleachd agus na Poileasaidhean aice cinnteach gum bi ath-leumachd an lònra còmhdhail air a neartachadh, gus am bi pròiseactan còmhdhail san àm ri teachd a' dèiligeadh gu h-èifeachdach ris na h-atharrachaidhean ris a bheilear an dùil agus gum bi an siostam còmhdhail a th' ann mar-thà air atharrachadh gus dèiligeadh ri barrachd uisge, gaothan àrda nas trice agus teothachd a tha ag èirigh.

Tha busaichean nam priomh eileamaid ann an Rangachadh an t-Siubhail Sheasmhaich. Is e am bus am priomh mhodh còmhdhail, a' dèanamh suas mu thrì cairteil de na tursan uile air còmhdhail phoblach<sup>108</sup>. Tha e gu sònraichte cudromach do sgìrean nach eil air an lònra rèile, a' gabhail a-steach tòrr de sgìrean dùthchail na h-Alba. Is urrainn dha a bhith na eileamaid chudromach ann an tursan ioma-mhodhach, mar eisimpleir, mar phàirt den chiad mhìle no den mhìle mu dheireadh de thuras trèana nas fhaide. Mar as trice, tha e cuideachd nas gniomhaiche na turas càr oir mar as trice, bidh daoine a' coiseachd dhan stad-bus no air ais bhon stad-bus.

An tacà ri modhan eile, tha bus fhathast na dhòigh siubhail a tha nas seasmhaiche agus nas èifeachdaiche a thaobh spàis agus na dhòigh mhòr-shiubhail fior shùbailte a bhios fhathast cudromach gus comas gluasaid a thoirt do dhaoine. Gabhaidh bus suas ri 75 neach-siubhail aig an aon àm,<sup>109</sup> ach cha bhi iad a' gabhail mòran a bharrachd spàs air an rathad na aon chàr, càr anns nach biodh ach aon neach gu tric.



<sup>108</sup> Scottish Transport Statistics Àireamh 37, 2018, cinn-loidhne ann an caibideil 11

<sup>109</sup> 'S e am bus ùr dà-làr trì-aiseal an enviro400XLB a chaidh a thoirt a-steach o chionn ghoirid ann an Dùn Èideann a' chiad charbad de a leithid san RA agus chaidh a chruthachadh ann an dlùth cho-nbrachadh ri ADL agus an luchd-dèanaimh chassis Volvo. Gabhaidh e suas ri 100 neach-siubhail

## Clàr 17: Comas-lionaidh bus an taca ri càraichean anns nach eil ach aon neach<sup>110</sup>

Leanaidh sinn oirnn a bhith a' tasgadh ann am busaichean, agus còmhdhail phoblach san fharsaingeachd, gus am bi e na roghainn nas tarrangaiche do luchd-cleachdadhean làithreach is ùra a rèir tòraighean bhon *Big Climate Conversation*<sup>111</sup>. Thèid leasachaidhean a dhèanamh, mar eisimpleir, le bhith a' tasgadh ann an bun-structar a bheir priomhachas do bhusaichean agus a chuireas ri ìre cleachdaidh nam busaichean, a' gabhail a-steach a bhith ag ath-riarachadh spàs rathaid air pàirtean de lionra nam mòr-rathaidean airson carbadan a tha èifeachdach a thaobh spàis. Tha cumhachdan ann an Achd na Còmhdhail (Alba) 2019 gus modail àrd-amasach a chruthachadh airson seirbheisean bus. Tha e a' toirt roghainnean do dh'ùighdarrasan còmhdhail a bhith a' toirt buaidh air, agus a' toirt piseach air, seirbheisean bus anns an sgìre aca, a' dèanamh cinnteach còmhla gu bheil lionraidhean bus seasmhach ann air feadh na h-Alba. Bheir an Achd taic do dh'ùighdarrasan còmhdhail ionadail gus feumalachdan agus suidheachaidhean ionadail a choileanadh, ge b' e a bheil iad airson obrachadh tro obair com-pàirteachaidh, ceadachasan-ruith (*franchising*) no tro bhith a' ruith nan seirbheisean bus aca fhèin.

Chan e dìreach còmhdhail luchd-siubhail a dh'fheumas gabhail ris na dùblain a tha an lùib atharrachaidhean sa ghnàth-shìde agus a dh'fheumas gabhail ri carbadan a tha iosal ann an carbon no gun charbon, feumaidh an gnìomhachas bathair againn atharrachadh gu mòr cuideachd. Feumaidh roinn a' bhathair freagairt air an fheum air dì-charbonachadh tro bhith a' cleachdadhean teicneòlasan agus modailean gnìomhachais ùra, cho math ri bhith a' freagarrachadh ri atharrachaidhean ann an iarrtasan an luchd-caitheimh. Tha rannsachadh is tionnsgalachd a' dol air adhart air a chomas airson dealanachadh ann am bathar agus tha e coltach gum bi fèin-obrachadh cudromach cuideachd.

Tha a' mhargaid airson carbadan nas truime gun eimiseanan, mar eisimpleir, HGVan, nas lugha na margaid nan càraichean, ach tha e a' fàs gu luath a dh'aindeoin sin. Ach, cumaidh sinn oirnn ag obair le buidhnean poblach, roinn nan càraichean/carbadan agus coimhearsnachd ùr-ghnàthachaidh na h-Alba gus fuasglaidhean èifeachdach a rannsachadh gus sgaoilidhean bhon roinn bathair a lùghdachadh agus gus cur gu mòr ris an targaid net-zero.

Tha roinn bathair na h-Alba sgapte agus fo smachd priobhaideach. Tha na sgaoilidhean a thig bhon roinn bathair gu math mòr agus feumaidh sinn co-obrachadh gus fuasgladh èifeachdach a chruthachadh gus dèiligeadh ris an droch bhuaidh bho ghas an taigh-glainne agus air càileachd adhair, leithid a bhith a' coimhead air roghainnean airson libhrigeadh 'mìle mu dheireadh'.

Tha poileasaidh itealanachd na chùis ghlèidhete, agus ged a bhios e na dhùbhlain a bhith a' frith-chothromachadh buaidh àrainneachdail na h-itealanachd, tha fior chothroman ann gus obrachadh le roinn an adhair gus dèanamh cinnteach gun soirbhich le Alba. Tha adhartas leantainneach ann an teicneòlas nan einseanan

<sup>110</sup> Improving Air Quality in Towns and Cities – Why buses are an integral part of the solution, an Proifesear David Begg, Greener Journeys, An Giblean 2017

<sup>111</sup> Big Climate Conversation, Riaghaltas na h-Alba, 2020

agus nam frèam-adhair a' ciallachadh gum faod plèanaichean a dhol nas fhaide, nas sàmhacle agus nas èifeachdaiche na rinn iad riagh roimhe. Cuideachd, chan eil dealanachadh charbadan air a chuingealachadh ri càraichean, agus tha leasachaidhean ann an itealain dealain agus hybrid a tha luchd-saothrachaidh a' dùnamh a' toirt chothroman brosnachail do sheirbheisean adhair na h-Alba. Mar eisimpleir, leanaidh rannsachadh air a' chomas airson seirbheisean adhair làndhealanach mar a' phriomh dhòigh-siubhail airson slighean nas giorra air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan san àm ri teachd. Co-obrachaidd sinn le puit-adhair na h-Alba gus ceuman a ghabhail gus sgaoilidhean a lùghdachadh air an talamh an dà chuid bho phléanaichean agus bho charbadan.

Chan eil connadh gun charbon/iosal ann an carbon a chleachdas aiseagan an àite connadh fosail aig an àm seo. Ma tha aiseagan gu bhith a' cur gu mòr ri lùghdachadh carboin, ge-tà, agus aig a' cheann thall ri neon eimiseanan carboin, feumar roghainnean eile a tha a' tighinn am bàrr a leasachadh leithid soithichean dealanach agus haidridean. Tha comas ann gum bi aiseagan làn-dealanach air slighean nas giorra le soithichean nas lugha ach airson nan slighean nas fhaide, le soithichean nas mothà agus nas truime, agus le riatanasan lùths nas àirde, feumar roghainnean eile a rannsachadh. A bharrachd air obair air connadh eile, tha Caledonian Maritime Assets Ltd (CMAL) a' measadh leasachaidhean dealbhaidh air soithichean ùra a lùghdaicheas caitheamh connaidh.

Bidh aiseagan a' toirt seachad seirbheisean riatanach do dh'eileanan agus do bheagan choimhearsnachdan iomallach air tir-mòr agus bidh a bhith a' leantainn slighean gu carbon iosal/neoni carboin air a chothromachadh leis an fheum air seirbheisean riatanach a chumail agus a leasachadh airson daoine agus bathar a ghiùlan gu agus bho na h-eileanan. Bidh ath-sgrùdadh mionaideach air roghainnean airson nan slighean sin a' coimhead air cùisean obrachaidd, teicnigeach agus dealbhadh seirbheis a bharrachd air dealbhadh shoithichean agus an comas san àm ri teachd airson connadh iosal ann an carbon/gun charbon.

Tha Alba air tùs gnothaich a thaobh rannsachadh is leasachadh mu bhith a' cleachdadhlùths haidridein. Tha sinn an dùil cumail oirnn le bhith ag obair leis an roinn gus barrachd rannsachaidh a bhrosnachadh agus gus taic a thoirt do sgaoileadh theicneòlasan ùra a tha math dhan àrainneachd, co-cheangailte ri connadh nas glaine, gus sgrùdadh a dhèanamh còmhla ri gnìomhachas air na roghainnean as fheàrr agus gus dòigh-obrach a chruthachadh airson sgaoilidhean a lùghdachadh. Is e roinn chruinneil a th' ann an loingeas, le soithichean bho air feadh an t-saoghal a' tighinn gu puit na h-Alba, agus bidh oidhirpean gus buaidh àrainneachdail na roinne a lùghdachadh feumach air dòigh-obrach cho-òrdanaichte aig ire an AE agus an IMO (Buidheann Eadar-nàiseanta na Mara). Tha Stiùireadh Sgaoileadh Sulfar an AE a chaidh a thoirt a-steach ann an 2015, agus a chaidh a leudachadh gu cuantan an AE ann an 2020, a' cur chosgaisean a bharrachd an sàs gus connadh glan a chleachdadhlùths no gus toirt air sealbhadairean shoithichean sgrioban glanaidh adhair (*air cleaning scrubbers*) a chur sna longan. Tha seo a' ciallachadh gum feum longan agus companaidhean mara bho bhuill-stàitean na RA connadh a chleachdadhlùths a tha iosal ann an sulfar no siostaman glanaidh gas a chleachdadhlùths gus am bi iad a rèir nan crìochan, agus mar sin, a' lùghdachadh buaidh àrainneachdail an loingeis ann an uisgeachan an AE.



## Helps deliver inclusive economic growth

- Will get people and goods where they need to get to
- Will be reliable, efficient and high quality
- Will use beneficial innovation

Tha pàirt chudromach aig an t-siostam còmhdhail ann an soirbheas eaconamaidh na h-Alba agus a' dèanamh cinnteach gu bheil ceangailteachd roinneil ann. Tha e a' toirt cothrom do dhaoine a dhol a dh'obair agus a' dèanamh cinnteach gun urrainn do chompanaidhean am bathair aca a thoirt do mhargaidhean ann an Alba agus nas fhaide air falbh. Tha e na fhactar cudromach a thaobh farpaiseachd na h-Alba, agus e a' toirt buaidh air tarbhachd ar luchd-obrach agus èifeachdas ghnìomhachasan. Ma tha Alba gu bhith soirbheachail, feumaidh siostam còmhdhail èifeachdach a bhith aice. Tha na Poileasaidhean gus am Prìomhachas agus na Builean air an cur an cèill gu h-iosal.

A' cuideachadh gus fàs eaconamach seasmhach a lìbhrigeadh
Cuir ri seasmhachd siostam còmhdhail na h-Alba an aghaidh mì-rian agus brosnaich cultar de dhleastanas coitcheann
Cuir ri cleachdadh stiùireadh stòrasan air feadh an t-siostaim siubhail
Thoir seachad siostam còmhdhail a bhios a' toirt cothrom do ghnìomhachasan a bhith farpaiseach aig baile, taobh a-staigh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta.
Dèan cinnteach gu bheil slighean a-steach gu agus bho mhargaidhean eadar-nàiseanta seasmhach agus air an amalachadh a-steach do na lònraidhean còmhdhail nas fharsainge gus daoine a bhrosnachadh a bhith a' fuireach, a bhith nan oilleanaich, a bhith a' tadhail air agus a' tasgadh ann an Alba
Cùm taic ri Alba sna h-oidhirpean aice airson a bhith air thoiseach air càch sa mhargaid a thaobh leasachadh agus tràth-ghabhail ri deagh thionnsgalachd ann an còmhdhail
Coinnich ris na h-iarrtasan atharrachail aig gnìomhachas na còmhdhail a thaobh fastadh is siubhal agus gus sgilean an luchd-obrach àrdachadh.
Amalaich còmhdhail agus poileasaidhean bun-structar nas fharsainge, a' gabhail a-steach didseatach agus lùths, gus buannachdan nas mothach fhaighinn

Tha sinn a' faicinn atharrachadh ann an còmhdhail a tha fior mhòr agus fior luath. Tha tionnsgalachd agus leasachaidhean ann an teicneòlasan a' toirt cruth-atharrachadh air solar sheirbheisean agus a' cruthachadh chothroman de sheòrsa nach robh sinn idir an dùil bho chionn beagan bhliadhnaichean. Dìreach mar a thug trìanaichean agus an càr cruth-atharrachadh air siubhail san 19<sup>th</sup> agus san 20<sup>th</sup> linn, bidh an aon seòrsa buaidh aig teicneòlasan ùra agus teicneòlasan a tha a' tighinn am bàrr anns an linn seo fhèin, a' toirt buaidh nach beag air solar còmhdhail agus air feumalachdan agus iarrtasan nan daoine, coimhearsnachdan, gniomhachasan agus luchd-tadhail againn.

Dh'fhaodadh mòran bhuannachdan eaconamach tighinn bho adhartas teicneòlais agus feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil Alba air tùs gnothaich. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh cothroman a bhith air an cruthachadh sa mhargadh tro leasachadh bhathar-bog agus didseatachadh pròiseasan saothrachaidh. Bidh cothroman ann cuideachd anns an t-sèine solair airson obair-dèanaimh charbadan agus phàirtean airson Carbadan Ceangailte agus Fèin-obrachail (*Connected and Autonomous Vehicles - CAVs*) agus ULEVan.

Tha an Ro-innleachd againn a' gabhail a-steach ùr-ghnàthachadh agus adhartas teicneòlais agus a' toirt dhuinn frèam-obrach gus an cleachdad airson leas na h-Alba; gus modhan nas seasmhaiche a chruthachadh, gus cothroman nas motha agus co-ionann a thoirt do bhuidhnean fo ana-chothrom agus gus èifeachdas agus sàbhailteachd an t-siostaim a mheudachadh.

Feumaidh sinn dèanamh cinnteach: Gu bheil Alba air thoisearch air càch ann am fàs margaidhean ULEV; gu bheil sgaioileadh cothromach de thasgadh ann a tha buannachdail dhan a h-uile coinsiumair; agus gum bi gnìomhachasan na h-Alba a' gabhail cothrom air agus a' faighinn buannachd bho chothroman margaidh agus teicneòlais ùra.

Tha comas aig leasachadh agus cleachdad CAVan ri cruth-atharrachadh a thoirt air beatha dhaoine, chan ann a-mhàin a thaobh mar a bhios sinn a' siubhal ach anns an dòigh sa bheil sinn ag obair, far a bheil sinn a' fuireach agus air an àrainneachd agus sàbhailteachd. *Tha CAV Roadmap for Scotland*<sup>112</sup> a' cur air adhart lèirsinn airson mar as urrainn do dh'Alba buannachd fhaighinn bhon roinn tionnsgalach agus ùr-ghnàthach seo agus a bhith a' cur rithe san àm ri teachd.

Dh'fhaodadh gum biodh còmhdailean phoblach na b' ion-obrachail ann an cuid de sgìrean le carbadan fein-obrachail. Tha cosgais nan dràibhearan a' dèanamh suas còrr is an treas cuid de na cosgaisean iomlan agus, às aonais seo, dh'fhaodadh seirbheisean còmhdailean phoblach a thoirt a-steach ann an iomadh sgìre de dh'Alba far nach eil iad comasach air adhbharan coimeirsealta an-dràsta. Ach, dh'fhaodte gum bi droch bhuaidh aig carbadan fein-obrachail cuideachd<sup>113</sup>. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh turasan a bharrachd le càraichean fein-dràibhidh, nuair a thilleas iad air ais gu na h-àiteachan cruinneachaidh aca às dèidh dhaibh daoine a leigeil dheth, ìrean dùmlachd rathaid nas motha adhbharachadh. Dh'fhaodadh seo a bhith air a mheudachadh ma tha cosgaisean cleachdaidh charbadan fein-obrachail nas ìsle na na cosgaisean siubhail làithreach, a' ciallachadh gum bi barrachd thursan air an dèanamh.

Bidh cothroman ann a bharrachd air fein-obrachadh agus teicneòlasan ùra eile cuideachd. Tha a' cheangailteachd a tha a' sìor fhàs eadar gnìomhachasan agus luchd-ceannach, a tha comasach mar thoradh air dàta nas motha agus nas fheàrr, a' toirt cothrom do mhodailean gnìomhachais ùra tighinn am bàrr ann an iomadh gnìomhachas, agus a' cruthachadh 'eacnamaidh co-roinn' ùr. Tha co-roinn sheirbheisean na roghainn a tha a' fàs, an dà chuid airson daoine fa leth agus airson gnìomhachasan. Mar eisimpleir, tha gnìomhachas a' bhathair air cleachdaidhean co-roinn bathair a stèidheachadh mar thoradh air barrachd seopadaireachd air-loidhne, agus tha modailean gnìomhachais ùra a' tighinn am bàrr mar thoradh air seo. Tha feumalachdan na h-òigridh ag atharrachadh, is iad gu tric a' roghainn a bhith nan cleachdaiche seach nan luchd-seilbh a' cur ris an eacnamaidh co-roinnidh. Cruthaichidh na pàtrain solair is iarrtais ùra cho math ri atharrachaidhean ann an gluasad mòran chothroman do ghnìomhachasan a bhith a' rannsachadh agus a' leasachadh, agus mar sin cruthaichidh e comas cosnaidh ùir a chruthachadh air feadh na h-Alba.

Tha comas aig Alba feum a dhèanamh de na cothroman sin. Tha luchd-obrach làn-uidheamaichte agus làn-sgileil againn a-nis agus tha seo air a bhith a' dol am

<sup>112</sup> A CAV Roadmap for Scotland, Còmhdailean Alba, 2019

<sup>113</sup> A Time of Unprecedented Change in the Transport System, The Government Office for Science, 2019

feabhas thar ùine. Ann an 2018, bha barrachd dhaoine (47.4%) ann an Alba aois 25 gu 64 aig a bheil foghlam treas ìre na ann an dùthaich sam bith eile san Aonadh Èòrpach<sup>114</sup>.

Ged a bu chòir gabhail ris na h-adhartasan sin ann an teicneòlas, mar thoradh air seo feumar ath-thrèanadh agus taic a thoirt do luchd-obrach gus sgilean ùra fhaighinn. Obraichidh sinn le com-pàirtichean ann an gnìomhachas gus obrachadh a-mach dè na sgilean a bhios a dhith air a' ghniomhachas gus taic a chumail ris a' gluasad gu còmhdhail gun eimiseanan.

Thèid seo a dhèanamh a rèir Ro-innleachd Margaidh Obrach na h-Alba<sup>115</sup>, Plana gnìomh na h-Obrach Cothromaich<sup>116</sup>, Plana Gníomh Sgilean san Àm ri Teachd<sup>117</sup>, Plana Gníomh Beàrn Tuarastail Gnè<sup>118</sup>, agus Plana Gníomha air Cosnaidh Ciorraim – *A Fairer Scotland For Disabled People*<sup>119</sup> a tha ag amas air dùeanamh cinnteach gu bheil na sgilean agus an t-sùbailteachd iomchaidh aig an luchd-obrach againn gus fàs eaonamach cothromach, in-ghabhalach agus seasmhach a libhrigeadh.

Tha fear de na siostaman sgilean as fheàrr san t-saoghal againn ach feumaidh sinn togail air seo gus aghaidh a chur air na dùblain a tha romhainn ann an Alba, a' gabhail a-steach luchd-obrach a tha a' fàs nas sine, daoine a' fàgail sgìrean dùthchail, didseatachadh agus adhartas teicneòlach, agus suidheachadh èiginneach cruinneil na gnàth-shìde. Atharraichidh sinn siostam nan sgilean gus am bi e nas sùbailte agus comasach air atharrachadh gu luath a rèir atharrachaidhean anns an fheum air sgilean. Tha pàirt deatamach aig fastaichean ann a bhith a' dealbhadh agus a' libhrigeadh nan amasan againn agus obraichidh sinn còmhla gus cultar de thasgadh coitcheann ann am feachd-obrach na h-Alba a chruthachadh. Feumaidh sinn dùeanamh cinnteach gun libhrig roinn na còmhdhail a thaobh nan còig taobhan de dh'obair chothromaich: tèarainteachd, guth èifeachdach, coileanadh, cothrom agus spèis.

Tha neartan agus cothroman na h-Alba an taca ri dùthchannan eile ann an teicneòlasan sgaoilidhean ìosal agus gun sgaoilidhean, a' gabhail a-steach na roinn lùths ath-nuadhachail farsaing againn, sgilean so-ghluasadach bhon roinn ola is gas, agus ar bunait rannsachaидh a tha cudromach air feadh na cruinne, uile nan raointeán às an urrainn feum a dhèanamh gus Alba a shuidheachadh mar chluicheadair cruinneil ann an sèineachan solair airson teicneòlasan gluasaid agus modailean gnìomhachais a tha a' tighinn am bàrr agus san àm ri teachd.

Cuidichidh co-dhùnaidhean amalaichte nas fheàrr - gach cuid eadar còmhdhail agus roinnean fa leth leithid lùth agus didseatach, a bharrachd air taobh a-staigh pròiseas tasgaidh bun-structair Riaghaltas na h-Alba mar a tha air a shuidheachadh leis a' chuairt chunbhalaich de Phlanaichean Tasgadh Bun-structair - gus siostam còmhdhail nas èifeachdaiche a chruthachadh a chuidicheas gus fàs in-ghabhalach a thoirt gu buil le bhith a' ceangal barrachd choimhearsnachdan ri obraichean agus

<sup>114</sup> EUROSTAT, An uiread de dhaoine aig a bheil foghlam àrd-ìre, aois 25-64, An Giblean 2019

<sup>115</sup> Scotland's Labour Market Strategy, 2016

<sup>116</sup> Fair Work Action Plan, Riaghaltas na h-Alba 2019

<sup>117</sup> [www.economicactionplan.mygov.scot/future-skills/](http://www.economicactionplan.mygov.scot/future-skills/)

<sup>118</sup> <http://www.employabilityinscotland.com/participants-and-barriers/women-and-work/gender-pay-gap-action-plan/>

<sup>119</sup> <https://www.gov.scot/publications/fairer-scotland-disabled-people-employment-action-plan/>

seirbheisean agus aig an aon àm a bhith a' cur ri roghainnean siubhail nas seasmhaiche. Cuiridh seo Alba ann an deagh àite cuideachd gus buannachd fhaighinn bhon àm seo de thionnsgalachd nach beag. Bidh seo a' gabhail a-steach com-pàirteachasan, seann is ùr, le buidhnean Sgilean is lomairt, le coimhairsnachd rannsachaiddh na h-Alba agus leis an roinn choimeirsealta. Bidh an dòigh-obrach cho-fhillte seo dlùth-cheangailte ris a' Phoileasaidh a thaobh planadh spàsail agus cleachdadhdh fearainn fon Bhuil 'Tha e a' cur ris an t-slàinte is sunnd againn'.

Gus suidheachadh farpaiseach na h-Alba a chumail suas, feumaidh sinn a dhèanamh cho furasta 's a ghabhas do chompanaidhean Albannach gnìomhachas a dhèanamh thall thairis agus do chompanaidhean cùin gnothachas a dhèanamh an seo.

Tha sinn airson 's gum bi Alba na h-àite a tha tarringeach dhan chòrr den t-saoghal airson a bhith a' tadhal air, a' fuireach agus ag obair. Tha a' mhì-chinnt mun dàimh eadar Alba agus an AE san àm ri teachd a' toirt buaidh air malairt agus co-cheangailteachd leis an AE agus air margaidhean cruinneil mar thoradh air gnìomhan leantainneach na RA mu bhith fàgail na AE. Tha dùbhlann sònraichte ann le dìth nan slighean bathair agus logastachd dhan Roinn Eòrpa, le Alba an-dràsta an eisimeil slighean tro Shasainn airson a' mhòr-chuid de dh'in-mhalairet agus às-mhalairet.

Leanaidh sinn oirnn le bhith ag obair leis na com-pàirtichean againn ann an gnìomhachas a' bhathair gus na feumalachdan aca a thuigsinn agus gus frèam-obrach a chruthachadh a bheir comas do chompanaidhean Albannach a bhith farpaiseach is soirbheachail air feadh na cruinne, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt a' bhathair aca dhan mhargadh.

Gus dèanamh cinnteach gun lean sinn oirnn a bhith a' cur fàilte air àireamh nas motha de luchd-siubhail eadar-nàiseanta, feumaidh sinn na ceanglaichean adhair cudromach againn a chumail agus slighean ùra a bhith againn, ach aig an aon àm, feumaidh sinn ceuman a ghabhail gus a' bhuaidh àrainneachdail aig turasachd eadar-nàiseanta a lùghdachadh.

Cuidichidh co-dhùnaidhean amalaichte nas fheàrr - eadar roinnean còmhchail agus didseatach, lùth agus slàinte - gus siostam còmhchail nas èifeachdaiche a chruthachadh a bhios a rèir feumalachdan daoine agus aig an aon àm a nì cinnteach gum bi roghainnean siubhail nas seasmhaiche ann.

Cuiridh sinn aghaidh ris na h-iarrtasan a tha a' sìor fhàs air caiteachas ann an grunn dhòighean. Nì sinn cinnteach gun tèid goireasan a chleachdadhdh ann an dòigh cho èifeachdach 's a ghabhas gus na Prìomhachasan agus Builean againn a choileanadh. Bidh seo a' gabhail a-steach measadh làidir air roghainnean còmhchail mu choinneamh nan amasan tron phròiseas measaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil buannachdan - sòisealta, àrainneachdail agus eaonamach - aig an ire as àirde 's a ghabhas airson gach not agus gum faighear luach an airgid thairis tron tasgadh air fad againn.

Nì sinn cinnteach gun tèid na stòrasan againn a riaghlaigh ann an dòigh cho èifeachdach 's a ghabhas gus ana-caitheamh a lùghdachadh le bhith a' cleachdadhdh theicneòlasan ùra agus leasaichte agus dòighean-obrach ùr-ghnàthach. Mar eisimpleir, nì sinn cinnteach gun gabh na stòrasan againn ath-chleachdadhdh a rèir dòigh-obrach na h-eaconamaidh cearcallaich. Bidh sinn a' dion nan stòrasan a th' againn nas fheàrr cuideachd tro fhreagarrachadh airson atharrachadh na gnàth-

shìde.

Gus a' bhuaidh as fheàrr fhaighinn bho chaiteachas na roinne poblach ann a bhith a' libhrigeadh targaid net-zero 2045, nì sinn rannsachadh, agus beachdaichidh sinn air raon de roghainnean maoineachaidh eile. Mar eisimpleir, dh'fhaodte gun tig cuibhreann nas àirde de thasgadh san àm ri teachd bhon roinn phriobhaidich, tro adhartasan teicneòlais agus ùr-ghnàthachadh, agus obraichidh sinn ann an compàirteachas gus cothroman a sgrùdadh. No, dh'fhaodte gum bi nas luga de thasgadh ann am bun-structar rathaid a dhìth bho riaghaltas ionadail agus nàiseanta ma tha atharrachadh ann an dòighean-giùlain an luchd-cleachdaidh ma nithear nas luga de thursan.

Bidh siostam còmhhdhail againn a tha ath-leumach agus a bhios a' dol am feabhas gu luath, agus mar sin, a' lùghdachadh na buaidh aig tursan a tha air dheireadh air na lionraidean agus luchd-cleachdaidh againn. Libhridh sinn seo tro phlanadh ath-leumachd làidir, chan ann a-mhàin a thaobh ath-leumachd fiosaigeach an t-siostaim còmhhdhail againn ach cuideachd a thaobh mar a thathar a' dèiligeadh ri aimhreit agus cho luath 's a thèid an suidheachadh a chur ceart.



## Improves our health and wellbeing

- Will be safe and secure for all
- Will enable us to make healthy travel choices
- Will help make our communities great places to live

Feumaidh an siostam còmhail againn a bhith sàbhailte tèarainte agus feumaidh iad misneachd agus earbsa a thoirt do dhaoine gun ruig iad an cinn-ùidhe gun chunnart sam bith. Bu chòir dha cothrom a thoirt do dhaoine a bhith a' taghadh siubhal gniomhach gus piseach a thoirt air an cuid slàinte is sunnd agus oidhirp a dhèanamh mu bhith a' lùghdachadh neo-ionannachd slàinte. Tha na Poileasaidhean gus am Prìomhachas agus na Builean air an cur an cèill gu h-ìosal.

### Tha e a' cur ris an t-slàinte is sunnd againn

Cuir ri sàbhailteachd siostam na còmhail agus coilean na targaidean airson lùghdachadh bhàsan/leòntan
Cuir ceuman an sàs a bhios a' toirt piseach air tèarainteachd ann an siostam còmhail na h-Alba agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil e tèarainte.
Dèan cinnteach gu bheil stòrasan agus seirbheisean còmhail a' gabhail ri Prionnsabal an Àite ( <i>Place Principle</i> ).
Lùghdaich an droch bhuaidh a th' aig còmhail air sàbhailteachd, slàinte agus sunnd dhaoine
Thoir seachad siostam còmhail a bhios a' brosnachadh agus a' cur an comas roghainnean siubhail a chuireas ri slàinte is sunnd dhaoine air feadh tìr mòr na h-Alba agus nan Eileanan.
Leabaich a' bhuaidh airson còmhail ann an co-dhùnaidhean mu phlanaidh spàsail agus cleachdadadh fearainn

Le bhith a' gabhail ris an Ro-innleachd agus a bhith a' cur an gniomh nam Poileasaidhean, nì seo cinnteach gum bi daoine a' faireachdaiann sàbhailte air siostam còmhail na h-Alba. Bidh tasgadh a' cuimseachadh air a bhith a' cumail suas nan gluasadan adhartach a thaobh lùghdachadh thubaistean agus a bhith a' coileanadh nan targaidean airson lùghdachadh bhàsan/leòntan. Gu cudromach, cuideachaidh e gus a' bhuaidh aig tachartasan siubhail air luchd-cleachdaidh agus air an cuid theaghlaichean.

Tha Frèam-obrach Sàbhailteachd Rathaid gu 2030 a bhios air tùs gnothaich aig ìre na cruinne ga chruthachadh ann an com-pàirteachas le coimhairsnachd na sàbhailteachd rathaid agus le luchd-ùidh eile. Cuiridh e air adhart dòigh-obrach co-obrachail gus Alba a thoirt a dh'ionnsaigh na lèirsinn nach tèid duine sam bith a mharbhadh air an rathad, agus gum bi nas lugha de dhroch leòn air na rathaidean againn, cho math ris na lìonraidhean siubhail gniomhach.

Bidh an siostam còmhail againn tèarainte cuideachd agus bu chòir gum bi a h-uile duine a' faireachdaiann sàbhailte nuair a tha iad ga cleachdadadh. Leanaidh sinn oirnn a bhith ag obair le companaidhean siubhail gus am bi earbsa aig daoine anns an t-siostam a tha iad a' cleachdadadh agus gus am bi iad fada den bheachd nach eil priobhaideachd an fhiosrachaidd phearsanta aca ann an cunnart.

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil e soilleir gum feum daoine an dòigh-giùlan siubhail aca atharrachadh. Is urrainn atharrachaidhean beaga ann an dol-a-mach

dhaoine buaidh mhòr a thoirt air slàinte is sunnd an neach fa leth. Do dh' inbhich, ma gheibh iad 150 mionaid de ghnìomhachd corporra meadhanach gu cruaidh gach seachdain, cuidichidh seo le bhith a' cur casg air agus a' riaghlaigh còrr air 20 suidheachadh slàinte leithid tinneas cridhe coronach, stròc, tinneas an t-siùcar seòrsa-2, aillse, ro-reamhrachd, agus suidheachaidhean fhèithean is a' chnàmhlaich. Is urrainn dha cuideachd buaidh shusbainteach a thoirt air sunnd dhaoine<sup>120</sup>.

Gu cudromach, thathar a' meas gun èireadh dùil-beatha na h-Alba le còrr is bliadhna, leis an ìre de neo-ghnìomhachd mar a tha e an-dràsta<sup>121</sup>.

Tha daoine nas deònaiche a bhith a' coiseachd agus a' rothaireachd nuair a tha bun-structar airson siubhail ghnìomhach ann a tha sàbhailte agus ruigsinneach<sup>122</sup>.

Le bhith a' leabachadh Rangachadh an t-Siubhail Sheasmhaich, thèid siostam còmhdhail na h-Alba a dhealbhadh le gu leòr roghainnean coiseachd agus rothaireachd gus am fàs sinn nas fhallaine mar nàisean agus gus cur an aghaidh dhuilgheadasan meadaigeach a tha air an adhbharachadh le dith gniomhachd. Lughdachaидh e cuideachd an droch bhuaidh air càileachd an adhair againn agus air na cunnartan bho ghalaran a tha seo ag adhbharachadh.

Bithear a' brosnachadh co-obrachadh gus dèanamh cinnteach gun obraich gach com-pàirtiche iomchaidh còmhla gus am bi coiseachd agus rothaireachd mar na dòighean-siubhail as fheàrr le daoine airson tursan goirid.

Bheir dealbhadh agus leasachadh buaidh mhòr air an t-siostam siubhail againn. Cumaidh sinn oirnn a bhith ag co-obrachadh gus dèanamh cinnteach gum bi a' bhuaidh air còmhdhail na priomhachas nuair a thathar a' dèanamh cho-dhùnaidhean planaidh. Ann a bhith a' comharrachadh làraichean airson a bhith a' togail thaighean, obair, sgoiltean, oifisean, factaraidhean, ospadalan agus ionadan luchd-turais, bidh ceistean a thaobh còmhdhail fior chudromach agus thèid beachdachadh orra aig ìre cho tràth 's a ghabhas anns a' phròiseas dealbhaidh. Bheir seo deagh bhuaidh air na roghainnean a nì sinn a thaobh dè seòrsa turas a nì sinn, cuine a nì sinn iad agus ciamar a nì sinn iad.

Cumaidh an obair leantainneach againn a thaobh ath-leasachadh planaidh air a' toirt piseach air ceanglaichean le bun-structar còmhdhail, a bhios a' toirt deagh bhuaidh air càileachd adhair, sgaileadh gasaichean an taigh-ghlainne agus air slàinte san ùine fhada.

Mar an ceudna, bheir ruigsinneachd còmhdhail buaidh air àite agus cruth nan leasachaidhean san àm ri teachd. Cuidichidh còmhdhail le obair dealbhaidh agus togail agus le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na coimhlearsnachdan againn seasmhach. Leanaidh sinn oirnn le bhith a' cruthachadh siostam planaidh a tha a' cur cheuman air dòigh a bhios a' dì-mhisneachadh dhaoine bho bhith a' ceannach no a' cleachdadh chàraichean. Gabhaidh iad dealbhadh gus an urrainn do luchd-obrach san sgìre, agus luchd-tadhail dhan sgìre, a bhith air an tarraig do roghainnean còmhdhail phoblach no còmhdhail gniomhach an àite càraichean priòbhaideach. Cuidichidh an siostam còmhdhail gus dèanamh cinnteach gu bheil àiteachan furasta ruigsinn gun a bhith a' cleachdadh càr. Nì ceanglaichean làidir le

<sup>120</sup> Buidheann Slàinte an t-Saoghail 2018

<sup>121</sup> The Lancet Series: Physical Activity, an t-luchar 2012

<sup>122</sup> Big Climate Conversation, Riaghaltas na h-Alba, 2020.

dealbhadh spàsail, a' gabhail a-staigh Frèam-obrach Nàiseanta an Dealbhaidh agus planaichean leasachaich ionadail cinnteach gun bheil sinn a' tuigsinn agus a' dèligeadh ris na dùblain sin. Bidh na buannachdan aig 'dèanamh-àiteachan' agus bun-structar/modhan siubhail seasmhach agus gnìomhach cuideachd cudromach ann an ath-bheothachadh meadhan nam bailtean mòra.

Uile gu lèir, bidh an siostam còmhdhail, agus beachdachadh air feumalachdan còmhdhail dhaoine san àm seo agus san àm ri teachd, aig cridhe cho-dhùnaidhean dealbhaidh gus dèanamh cinnteach gum bi àiteachan seasmhach.

Gus seo a libhrigeadh, cumaidh sinn oirnn le bhith a' co-nbrachadh le com-pàrtichean gus dèanamh cinnteach gun tèid Prionnsabal an Àite (*the place principle*)<sup>123</sup> a chur an gnìomh agus gu bheil a h-uile duine a tha an urra ri bhith a' toirt seachad sheirbheisean agus a' coimhead às dèidh stòrasan ann an àite ag obair agus a' planadh còmhla, agus le coimhersnachdan ionadail, gus piseach a thoirt air beatha dhaoine.

Mar thoradh air na poileasaidean againn, bidh e nas phasa do dhaoine roghainnean siubhail fiosraichte a dhèanamh agus a bhith a' brosnachadh barrachd siubhail sheasmhaich, agus bidh solar meudaichte mhodhan, thiocaidean co-fhillte agus fiosrachadh nas fheàrr uile ro-chudromach. Chaidh roghainnean tiocaidean no páigheadh tapaidh a thoirt a-steach air grunn slighean rèile, bus, trama agus fo-thalamh air feadh na h-Alba, agus bidh iad seo nam priomh raointean tasgaidh gus atharrachadh modh gu còmhdhail phoblach a bhrosnachadh. Tha cuideachd planadairean turais ioma-mhodhach ann, leithid Traveline Scotland, gus an fheadhainn a dh'fheumas gluasad eadar modhan/seirbheisean a chuideachadh gus roghainnean siubhail nas fheàrr a dhèanamh agus gus an tursan a dhealbhadh anns an dòigh as èifeachdaiche a thaobh cosgais no as èifeachdaiche a thaobh ùine. Mar an ceudna, bidh seirbheis fiosrachaidh nas fheàrr nam priomh raointean airson tasgadh gus na Priomhachasan agus Builean a chur an gnìomh.

## Lìbhrigeadh

Tha Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhdhail a' toirt dhuinn frèam-obrach ro-innleachdail airson na siostam còmhdhail againn thairis air an ath 20 bliadhna. Chaidh priomhachasan soilleir a chur an cèill a tha a' cur fòcas làidir air dèanamh cinnteach gu bheil còmhdhail a' cur ri bhith a' lùghdachadh na neo-ionannachd a tha mu choinneimh dhaoine ann an Alba, a tha a' gabhail cheuman ar gnàth-shìde a dhòn, a tha a' toirt taic do lìbhrigeadh fàs eaonamach in-ghabhaltach agus a tha a' cur ri slàinte agus sunnd ar saoranaich.

Tha dleastanas oirnn uile gus an Ro-innleachd a libhrigeadh agus gus dèanamh cinnteach gun soirbhich i. Bho riaghaltas ionadail agus nàiseanta a' cur an gnìomh phoileasaidean gu gnìomhachasan agus daoine fa leth a' toirt aire do na gnìomhan agus na buaidhean nas fharsainge aca air an t-sòisealtas a bhios iad a' dèanamh mu bhith a' siubhal agus mu mar a bhios iad a' siubhal.

Ag obair le com-pàrtichean a tha an sàs ann an deasachadh na Ro-innleachd, foillsichidh sinn Plana Lìbhrigidh a bhios a' cur an cèill mar a thèid an Ro-innleachd a libhrigeadh. Thèid am Plana Lìbhrigidh ùrachadh gu cunbalach le fiosrachadh air mar a thèid na Priomhachasan agus Builean a chur an gnìomh agus mar a thèid an

<sup>123</sup> <https://www.gov.scot/publications/place-principle-introduction/>

Lèirsinn a lìbhrigeadh, a rèir nam Poileasaidhean a tha air am mìneachadh san Ro-innleachd seo. Bidh am Plana Libhrigidh cuideachd a rèir Rangachadh an t-Siubhail Sheasmhaich agus Rangachadh an Tasgaidh.

Bidh am Plana Libhrigidh ag aithris gach bliadhna air an dèanadas ann a bhith a' cur aghaidh air na dùblain agus ann a bhith a' coileanadh nam Builean, agus e a' cleachdadh an fhrèam-obrach sgrùdaidh is measaidh.

Far an gabh sin a dhèanamh, bidh anailis air na taisbeanairean air am briseadh sìos a rèir factaran deamografach, sòisio-eaconamach agus cruinn-eòlach. Bidh an Ro-innleachd sùbailte, tron Bhòrd Libhrigidh, agus atharraichidh i a rèir fianais ùr is fianais a tha ag atharrachadh.

---

<https://www.gov.scot/publications/place-principle-introduction/>

Còmhdail Alba, Taigh Bhochanan,  
58 Rathad Port Dundas,  
Glaschu G4 0HF  
0141 272 7100  
[NTSReview@transport.gov.scot](mailto:NTSReview@transport.gov.scot)  
[www.transport.gov.scot](http://www.transport.gov.scot)

ISBN: 978-1-911582-91-5

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2020

Tha lethbhreacan a bharrachd den sgrìobhainn seo rim faighinn, ma thèid sin iarraidh, ann an cruth claisneachd is clò mòr agus ann an cànanan coimhearsnachd.

Faodaidh tu am fiosrachadh seo (gun suaicheantas an dealbhan) ath-chleachdadhar saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Riaghaltais. Gus an cead seo fhaicinn, faic <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuir post-d gu: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn/foillseachadh seo a chur thugainn aig [NTSReview@transport.gov.scot](mailto:NTSReview@transport.gov.scot)

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn air làrach-lìn Còmhdail Alba cuideachadh aig:  
<http://www.transport.gov.scot>